

# An Toiseach as Fheàrr: Plana ro-innleachdail airson tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig aois sgoile airson Alba **2022-26**

An Dàmhair 2022



## ► Clàr-innse

► Facal-tòiseachaidh	03
► Am plana againn air aon duilleig	05
► Ar lèirsinn agus prìomhachasan airson nan ceithir bliadhna ri teachd	06
► <b>Prìomhachas 1:</b> A' toirt gu buil buannachdan an leudachaidh gu 1140 uair a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne do chloinn is teaghlaichean	08
► <b>Prìomhachas 2:</b> A' cur ri leudachadh na tairgse cùram-chloinne againn, a' gabhail a-steach a bhith a' togail siostam cùram-chloinne airson clann aois sgoile san àm ri teachd agus tairgse tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne ùr do chloinn a tha bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois.	13
► <b>Prìomhachas 3:</b> A' dèanamh cinnteach gu bheil roinn agus proifeisean a tha seasmhach, eadar-mheasgte agus soirbheachail a' cumail taic ri lìbhrigeadh nam prìomhachasan againn	16
► <b>Prìomhachas 4:</b> A' dèanamh cinnteach gu bheil na h-àrd-amasan againn stèidhichte air frèaman maoinachaidh agus builean cothromach, dàta làidir agus buidhnean a tha ag obair còmhla gus taic a chumail ri deagh bhuilean do chloinn is teaghlaichean	21
► Ar dòigh-obrach a thaobh dealbhadh is lìbhrigeadh poileasaidh	25
► Na h-ath cheuman	27
► Eàrr-ràdh A – Geàrr-chunntas fianais: mar a tha cùram-chloinne a' cuideachadh gus eadar-dhealachadh a dhèanamh do chloinn, pàrantan agus luchd-cùraim, agus teaghlaichean	28
► Eàrr-ràdh B - Poileasaidh cùram-chloinne Riaghaltas na h-Alba: an sgeul gu ruige seo	32

## ► Facal-tòiseachaidh

Tha àite ro-chudromach aig cùram-chloinne àrd-inbhe a tha sùbailte, ruigsinneach agus aig prìs reusanta nar comann-sòisealta. Tha e ro-chudromach gus an toiseach-tòiseachaidh as fheàrr a thoirt do chloinn, taic a thoirt do theaghlachan gus soirbheachadh, agus gus dèanamh cinnteach gun urrainn do phàrantan agus luchd-cùraim a bhith ag obair, a' trèanadh no ag ionnsachadh.

Tha sinn airson 's gur e Alba an t-àite as fheàrr san t-saoghal a bhios ann airson a bhith a' fàs. Mar sin, bho 2014 tha sinn air fear de na h-ath-leasachaidhean as cudromaiche a dhèanamh air seirbheisean poblach ann an ginealach le bhith cha mhòr a' dùblachadh na còrach air Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne (ELC) bho 600 gu 1140 uair a thìde sa bhliadhna, airson a h-uile pàiste ion-roghnach.<sup>1</sup> Tha seo a' ciallachadh gum faigh teaghlachan suas ri 30 uair a thìde de ELC maoinichte gach seachdain rè an teirm no mu 22 uair a thìde gach seachdain tro bhliadhna a' mhìosachain. Is i Alba an aon phàirt den RA a tha a' tabhann 1140 uair a thìde de ELC maoinichte, no taic cho-ionnan, do gach pàiste ion-roghnach ge bith dè an inbhe obrach a th' aig am pàrantan no an luchd-cùraim, agus sinn a' cur chloinne air thoiseach.

Tha leudachadh ELC maoinichte air a bhith na choileanadh mòr, gu sònraichte aig àm nuair a bha galar lèir-sgaoilte cruinneil ann. Cha bhiodh seo air tachairt mur a b' e obair chruaidh agus dìleas ar luchd-obrach agus com-pàirtichean sna roinnean poblach, prìobhaideach, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne. Tha Riaghaltas na h-Alba fada an comain nan com-pàirtichean seo airson na rinn iad gus an cruth-atharrachadh seo a libhrigeadh agus airson an taic a thug luchd-obrach do chloinn is teaghlachan

na h-Alba aig àm a bha air leth duilich. Tha Brexit agus a-nis èiginn nan cosgaisean cuideachd a' cur cuideam mòr air solaraichean, agus tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' cumail oirnn a' tasgadh anns a' phroifeasan agus a' toirt taic dhan roinn ann an Alba tron àm dhùbhlach seo.<sup>2</sup>

Leis cho cudromach 's a tha cùram-chloinne àrd-inbhe do chloinn, pàrantan, luchd-cùraim agus teaghlachan, a bharrachd air comann-sòisealta agus eaconamaidh na h-Alba, tha sinn airson a dhol nas fhaide. Anns a' phlana seo, tha sinn a' mìneachadh mar a dh'obraicheas sinn gus buannachdan a' phrògram 1140 uair a thìde a leabachadh. Tha an sgrìobhainn seo cuideachd a' mìneachadh mar a thòisicheas sinn air siostam cùram-chloinne aois sgoile agus tairgse tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne a thogail do chlann a tha bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois, a' tòiseachadh leis an fheadhainn as motha a tha feumach air.<sup>3</sup>

Tha e deatamach gun tèid ar lèirsinn a libhrigeadh airson siostam cùram-chloinne de chàileachd àrd, a tha ruigsinneach agus air prìs reusanta a libhrigeadh airson ar misean nàiseanta gus aghaidh a chur air bochdainn chloinne, gus cur ri sunnd teaghlach, barrachd co-ionannachd gnè a chur air adhart agus gus An Gealladh a chumail dhan chloinn againn a tha, no a bha, fo chùram. Nì seo diofar mòr do dhachaighean, gnìomhachasan agus solaraichean seirbheisean air feadh na dùthcha air a bheil èiginn chosgaisean a' toirt buaidh.

Tha sinn ag aithneachadh gum bi siostam cùram-chloinne èifeachdach eadar-dhealaichte ann an diofar choimhearsnachdan air feadh na h-Alba agus tha sinn gu mòr airson taic a chumail ri fuasglaidhean ùr-ghnàthach a chuireas clann agus teaghlachan aig cridhe nan seirbheisean againn.

1 Riaghaltas na h-Alba (2014) [One Scotland - Programme for Government 2014-15](#).

2 Riaghaltas na h-Alba (2022) [The Contribution Of EU Workers In The Social Care Workforce In Scotland 2022](#).

3 Riaghaltas na h-Alba (2021 + 2022) [Am Prògram Riaghalaidd](#).

Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil suidheachadh a' chùraim-chloinne gu tric iom-fhillte agus doirbh a thuigsinn do theaghlaichean agus tha sinn gu mòr airson a bhith ag obair le com-pàirtichean gus seo a sgioblachadh agus a dhèanamh nas simplidhe, far a bheil e taobh a-staigh nan cumhachdan againn sin a dhèanamh. Tha àite cudromach aig Riaghaltas na h-Alba ann a bhith a' suidheachadh an stiùiridh ro-innleachdail agus a' mìneachadh nam builean<sup>4</sup> ris a bheil sinn an dùil bhon tasgadh againn ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig aois sgoile. 'S e ar dleastanas a th' ann a bhith a' cumadh poileasaidh airson nan tairgsean a tha sinn a' maoineachadh, a' cur an sàs modhan reachdail agus riaghlaidh ceart, agus a' cruthachadh poileasaidh agus stiùireadh soilleir gus taic a chumail ri lìbhrigeadh. Fon reachdas agus stiùireadh làithreach, tha grunn dhleastanasan cudromach aig ùghdarrasan ionadail co-cheangailte ri cùram-chloinne agus cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth ri riaghaltas ionadail gus taic a chumail ri lìbhrigeadh nan amasan coitcheann againn.

Chan eil cumhachdan againn a thaobh taobhan cudromach de shiostam a' chùraim-chloinne, a' gabhail a-steach Sgeama Cùram-chloinne Saor bho Chìsean no an eileamaid cùram-chloinne de Chreideas Coitcheann. Ach, cumaidh sinn oirnn a' conaltradh ri agus a' feuchainn ri buaidh a thoirt air Riaghaltas na RA gus builean nas fheàrr a lìbhrigeadh do chloinn is theaghlaichean tro phoileasaidh cùram-chloinne, mar a tha sinn air dèanamh le co-roinn dàta gus taic a chumail ri bhuileachadh na tairgse againn do chloinn a tha dà bhliadhna a dh'aois.

Tha am plana seo a' mìneachadh na lèirsinn againn airson tràth-ionnsachadh agus airson cùram-chloinne aig aois sgoile thairis air a' chòrr den Phàrlamaid seo; na trì builean a tha sinn an dùil a lìbhrigeadh na poileasaidhean uile againn, na prìomhachasan ro-innleachdail againn, agus na prìonn-sapalan a stiùireas ar modh-obrach a thaobh obrachadh le ar com-pàirtichean san roinn, agus na dh'fhaodas teaghlaichean a bhith an dùil bho sheirbheisean.

Chan eil dùil gum bi seo na liosta den a h-uile rud a nì sinn thairis air an ath cheithir bliadhna, no na phlana lìbhrigidh mionaideach airson gach fear de na poileasaidhean againn. A bharrachd air an sgrìobhainn seo, tha sinn a' foillseachadh ro-innleachd a' gabhail a-steach mar a bhios sinn a' measadh na buaidh aig an leudachadh air ion-roghnachd air 1140 uair a thìde de ELC de chàileachd àrd. Foillsichidh sinn frèama lìbhrigidh airson cùram-chloinne airson clann aig aois sgoile ann an Alba agus frèama ro-innleachdail airson proifeisean cùram-chloinne na h-Alba nas fhaide air adhart ann an 2022.

4 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Builean Nàiseanta](#).

## ► Am plana againn air aon duilleig

Tha poileasaidh cùram-chloinne a' cur ri builean nàiseanta le fòcas air...

Clann agus daoine òga 

Slàinte 

Foghlam 

Bochdainn 

Ar lèirsinn poileasaidh – gur e Alba t-àite as fheàrr a bhios ann san t-saoghal airson fàs suas

Tro bhith a' faighinn cothrom air deagh thràth-ionnsachaidh agus deagh chùram-chloinne aig aois sgoile a tha àrachail, thathar a' toirt cothrom do chloinn, do theaghlaichean agus an coimhearsnachdan an làn chomas a choileanadh agus bidh beàrn nam builean co-cheangailte ri bochdainn a' lùghdachadh.

### Na prìomhachasan ro-innleachdail againn

### Na builean againn

A' toirt gu buil buannachdan an leudachaidh gu 1140 uair a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne do chloinn is teaghlaichean.

A' cur ri leudachadh na tairgse cùram-chloinne againn, a' gabhail a-steach a bhith a' togail siostam cùram-chloinne airson clann aois sgoile agus tairgse ùr do chloinn a tha bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois.

A' dèanamh cinnteach gu bheil roinn agus proifeisean ann a tha seasmhach, eadar-mheasgte agus soirbheachail a' cumail taic ri lìbhrigeadh nam prìomhachasan againn

A' dèanamh cinnteach gu bheil na h-àrd-amasan againn stèidhichte air frèaman maoineachaidh agus builean cothromach, dàta làidir agus buidhnean a tha ag obair còmhla gus seirbheisean a riaghaladh agus gus taic a chumail ri leasachadh càileachd.

Tha piseach a' tighinn air leasachadh chloinne agus tha a' bheàrn builean co-cheangailte ri bochdainn a' crìonadh.

Piseach air sunnd teaghlaich

Meudachadh air cothroman phàrantan agus luchd-cùraim gus obair, trèanadh agus cùrsaichean foghlaim a dhèanamh no gus an cumail suas.

**Prionnsapalan lìbhrigidh: cò ris a bhios an tairgse cùram-chloinne againn coltach**  
Càileachd, sùbailteachd, ruigsinneachd, prìs reusanta  
(agus prionnsapalan eile a dh'fhaodadh tighinn a-mach bhon chom-pàirteachadh againn)

**Prionnsapalan dealbhaidh: mar a dhealbhaicheas sinn ar tairgse poileasaidh**  
Co-dhealbhadh, ùr-ghnàthachadh, com-pàirteachas

## ► Ar lèirsinn agus prìomhachasan airson nan ceithir bliadhna ri teachd

Is e an lèirsinn a th' againn, tro chothrom air tràth-ionnsachaidh agus air cùram-chloinne aig aois sgoile a tha beairteach agus àrachail, gum bi clann, teaghlaichean agus na coimhearsnachdan aca comasach air an làn chomas a choileanadh agus gun lùghdaichear beàrn nam builean co-cheangailte ri bochdainn.

Gus an lèirsinn seo a thoirt gu buil tha sinn air trì builean a chruthachadh stèidhichte air an fhianais as fheàrr a tha ri faighinn (tha geàrr-chunntas ann an [Eàrr-ràdh A](#)) gus cunntas a thoirt air an dòigh sa bheil sinn an dùil gun dèan ar poileasaidhean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne aig aois sgoile eadar-dhealachadh do chloinn, pàrantan, luchd-cùraim agus teaghlaichean ann an Alba.

Tha an diagram gu h-ìosal na gheàrr-chunntas air mar a chuireas na builean againn ris na Builean Nàiseanta mar a tha iad air am mìneachadh ann am Frèam-obrach Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.

### Builean tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig aois sgoile

### Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta. <https://nationalperformance.gov.scot/>

Tha piseach a' tighinn air leasachadh chloinne agus tha a' bheàrn builean co-cheangailte ri bochdainn a' crìonadh



Tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a' chomann-shòisealta



Tha sinn fallain agus gnìomhach

Piseach air sunnd teaghlaich



Tha sinn a' fàs suas gràdhachte, sàbhailte agus air ar measadh air los gun coilean sinn ar làn-chomas



Bidh sinn a' toirt aghaidh air bochdainn tro bhith a' co-roinn chothroman, beartas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionainne

Meudachadh air cothroman phàrantan agus luchd-cùraim gus obair, trèanadh agus cùrsaichean foghlaim a dhèanamh



Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le deagh obraichean agus obair chothromach dhan a h-uile duine

Tha na trì builean sin eadar-cheangailte. Mar eisimpleir, tha e soilleir gu bheil teachd a-steach phàrantan no luchd-cùraim a' toirt buaidh an dà chuid air builean chloinne agus sunnd teaghlaich. Ach, air an gabhail còmhla, tha iad nam frèaman cuideachail airson a bhith a' stiùireadh mar a leasaicheas sinn, a chuireas sinn an gnìomh agus a mheasas sinn buaidh nam poileasaidhean againn.

Bidh na tha tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne aig aois sgoile a' cur ri lìbhrigeadh nam builean sin cuideachd eadar-dhealaichte a rèir suidheachadh agus roghainnean fa leth gach teaghlaich (a' gabhail a-steach aois is ìrean an cuid chloinne) agus an taic eaconamach is shòisealta san fharsaingeachd a tha ann dhaibh.

Tha e cudromach cuideachd gun toir sinn feart air na tha an fhianais ag innse dhuinn mu na tha a' lìbhrigeadh deagh bhuilean do chlann aig diofar aoisean. Tha fianais làidir ann gu bheil buannachdan cudromach aig clann aois trì gu còig bho bhith a' frithealadh ELC de chàileachd àrd. Do chloinn a tha fo trì bliadhna a dh'aois, tha an ìre de bhuannachd a gheibh iad bho ELC a rèir factaran cudromach leithid eachdraidh an teaghlaich, de an aois a thòisicheas iad ann an ELC, càileachd nan seirbheisean, agus an cothromachadh de dh'uairean a chuireas iad seachad eadar cùram san dachaigh agus ann an suidheachaidhean ELC.<sup>5</sup>

Mar sin bidh co-dhealbhadh nam poileasaidhean ùra againn le clann agus teaghlaichean na phàirt ro-chudromach den dòigh-obrach againn thar nan ceithir bliadhna a tha romhainn, mar a tha air a mhìneachadh air [taobh-duilleig 2 5](#). Bidh dòigh-obrach againn a tha stèidhichte air an neach, stèidhichte air àite agus a' toirt cumhachd agus taic do dhaoine gus a bhith an sàs ann an dealbhadh sheirbheisean cùram-chloinne sna coimhearsnachdan aca.

Gus na builean sin a thoirt gu buil tha sinn air **ceithir prìomhachasan ro-innleachdail** a chur an cèill airson 2022 gu 2026. 'S iad sin:


1. A' toirt gu buil buannachdan an leudachaidh gu 1140 uair a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne do chloinn is teaghlaichean.
2. A' cur ri leudachadh na tairgse cùram-chloinne againn, a' gabhail a-steach a bhith a' togail siostam cùram-chloinne airson clann aois sgoile san àm ri teachd agus tairgse tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne ùr do chloinn a tha bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois.
3. A' dèanamh cinnteach gu bheil roinn agus proifeisean a tha seasmhach, eadar-mheasgte agus soirbheachail a' cumail taic ri lìbhrigeadh nam prìomhachasan againn
4. A' dèanamh cinnteach gu bheil na h-àrd-amasan againn stèidhichte air frèaman maoineachaidh agus builean cothromach, dàta làidir agus buidhnean a tha ag obair còmhla gus seirbheisean a riaghladh agus gus taic a chumail ri leasachadh càileachd.

Tha an earrann a leanas a' mìneachadh na nì sinn thairis air a' chòrr den Phàrlamaid seo gus na prìomhachasan sin a lìbhrigeadh.

5 Cadmina, J. et al (2020) [Literature review on early childhood education and care for children under the age of 3](#); Coimisean na h-Eòrpa (2014) [Proposal for key principles of a Quality Framework for Early Childhood Education and Care](#); Mathers S. et al. (2014) [Sound Foundations: A Review of the Research Evidence on Quality of Early Childhood Education and Care for Children under Three - Implications for Policy and Practice](#); Coimisean na h-Eòrpa (2022) [Building a better understanding of the impact of Early Childhood Education and Care on medium- and long-term educational and labour market outcomes in Europe](#).

## ► Prìomhachas 1: A' toirt gu buil buannachdan an leudachaidh gu 1140 uair a thìde de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne do chloinn is teaghlaichean

### Ìre-cleachdaidh de ELC maoinichte



**97%** de chloinn aois trì agus ceithir bliadhna air an clàradh airson ELC maoinichte san t-Sultain 2021

Tha a' mhòr-chuid de chloinn aois 3 agus 4 a' faighinn suas ri 1140 uair a thìde de ELC de chàileachd àrd.

[Tùs: Cunntas-sluaigh Tràth-ionnsachadh is Cùraim Chloinn 2021 aig Riaghaltas na h-Alba <sup>6</sup>]

### Ag àrdachadh ìre cleachdadh Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne am measg clann a tha dà bhliadhna a dh'aois

Bhon Lùnastal 2021 tha a h-uile ùghdarras ionadail air a' chòir leudaichte de 1140 uair a thìde de ELC maoinichte de chàileachd àrd a thoirt seachad dhan a h-uile pàiste a tha trì agus ceithir bliadhna a dh'aois, agus do chloinn dà bhliadhna a dh'aois a tha ion-roghnach. Mar a chithear gu h-àrd, tha cha mhòr a h-uile pàiste trì agus ceithir bliadhna a' cleachdadh na còrach aca air ELC<sup>6</sup>.

Tha sinn a' meas gu bheil a' phàirt chuimsichte de 1140 uair a thìde ri faighinn do thimcheall air cairteal de theaghlaichean. Tha clann dà bhliadhna ion-roghnach a' gabhail a-steach clann ann an dachaighean a tha a' faighinn sochairean do dhaoine le teachd-a-steach ìosal no gun teachd a-steach idir, clann a tha no a bha ann an cùraim, agus clann le pàrantan a bha ann an cùram.

### Ìre-cleachdaidh de na 1140 uair a thìde



Chaidh aithris gun robh **87%** de chloinn a bha a' cleachdadh ELC maoinichte a' dèanamh feum air an làn chòir maoinichte de 1140 uair a thìde sa Ghiblean 2022.

Tha ìre cleachdadh na còir air 1140 uair a thìde air a bhith glè bhrosnachail sa chiad bhliadhna.

[Tùs: Improvement Service<sup>7</sup>]

Le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil teaghlaichean mothachail air agus comasach air feum a dhèanamh den tairgse ELC, cuiridh seo taic ris na daoine a tha Plana Lìbhrigidh Riaghaltas na h-Alba airson aghaidh a chur air bochdainn Cloinne, 'Best Start, Bright Futures'.<sup>8</sup> A' comharrachadh mar dhaoine ann an cunnart bho bhochdainn<sup>9</sup>.

Airson diofar adhbharan, roghnaichidh cuid de theaghlaichean gun a bhith a' cleachdadh nan uairean a thìde maoinichte de ELC nuair a ruigeas a' chlann aca dà bhliadhna a dh'aois. Ach, tha sinn gu mòr airson dèanamh cinnteach gu bheil fios aig a h-uile teaghlach ion-roghnach air buannachdan na tairgse agus gum faigh iad cothrom air seo ma tha iad airson sin a dhèanamh. Gus leigeil leinn seo a dhèanamh, tha sinn air a bhith ag obair le Riaghaltas na RA gus aonta co-roinn dàta a stèidheachadh a leigeas le ùghdarrasan ionadail fiosrachadh mun tairgse ELC a chuimseachadh air teaghlaichean le leanabh iomchaidh dà bhliadhna a dh'aois, mar a tha air a bhith a' tachairt ann

6 Riaghaltas na h-Alba (2021) [Summary Statistics For Schools In Scotland 2021](#).

7 Improvement Service (2022) [Early Learning and Childcare Expansion Delivery Progress Report, May 2022](#).

8 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Best Start, Bright Futures: Tackling Child Poverty Delivery Plan 2022-26](#).

9 Mar a tha air a mhìneachadh ann am 'Best Start, Bright Futures', tha seòrsaichean teaghlaich le prìomhachas a' gabhail a-steach: Teaghlaichean aon phàrant, a' mhòr-chuid dhiubh le boireannach mar an t-aon phàrant; Teaghlaichean anns a bheil inbheach no leanabh air a bheil ciorram; teaghlaichean nas motha; teaghlaichean mion-chinnidh; teaghlaichean le leanabh fo bhliadhna a dh'aois; Teaghlaichean far a bheil am màthair fo 25 bliadhna a dh'aois.


an Sasainn fad grunn bhliadhnaichean. Chaidh riaghailtean a chur mu choinneimh Pàrlamaid na RA san Iuchar 2022, agus tha sinn an dùil – le ùmhlachd do phròiseasan Pàrlamaid na RA – gum bi an dàta seo ri fhaighinn do dh’ùghdarrasan ionadail na h-Alba ro dheireadh na bliadhna ionmhais 2022-23.

Airson a’ chiad uair, bidh e comasach dhuinn cuideachd dealbh ceart a bhith againn air an àireamh chloinne a tha ion-roghnach air an tairgse seo agus air cia mheud teaghlach a tha a’ roghnachadh a chleachdadh anns gach sgìre. Cho luath ‘s a bhios am fiosrachadh seo ri fhaotainn do dh’ùghdarrasan ionadail **obraichidh sinn còmhla riutha gus cur ris an ìre cleachdaidh den tairgse dà bhliadhna a th’ againn mar-thà tro phrògram leasachaidh a thèid a sgoileadh a-mach as t-samhradh 2023.**

Ann a bhith a’ dèanamh na h-obrach seo, tha sinn ag aithneachadh gur dòcha nach e solar mhodailean traidiseanta de ELC maoinichte an seòrsa taice as iomchaidh do chuid de chloinn is teaghlaichean. Far a bheil dòighean-obrach eile ann a leigeas le clann agus teaghlaichean buannachdan àrd-ìre fhaighinn bhon leudachadh, bidh ùghdarrasan ionadail fhathast comasach air maoinachadh ELC a chleachdadh gus sin a lìbhrigeadh gu dìreach no tro bhith ag obair le solaraichean maoinichte, a’ leantainn orra a’ togail chom-pàirteachasan ùra agus a’ cruthachadh dòighean-obrach far a bheil sin a dhìth.

## A’ leabachadh càileachd aig cridhe seirbheisean Tràth-ionnsachaidh agus Cùram-chloinne

### Càileachd taobh a-staigh sheirbheisean a tha a’ toirt seachad Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne maoinichte



Tha an àireamh sa cheud de sholaraichean maoinichte ELC a chaidh a mheasadh *math no nas fheàrr* anns a h-uile cuspair càileachd fhathast àrd (agus nas àirde na anns na seirbheisean sin nach eil a’ tabhann uairean maoinichte) ach tha seo air a dhol sìos eadar 2014 agus 2021.

[Tùs: Luchd-sgrùdaidh a’ Chùrain<sup>10</sup>]

Tha càileachd ro-cudromach ann an tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne aig aois sgoile a tha a’ dèanamh eadar-dhealachadh do chloinn, gu sònraichte an fheadhainn a tha fo ana-cothrom. Sin as adhbhar gu bheil sinn air càileachd a chur aig cridhe an fhrèama poileasaidh a tha air taic a chumail ri lìbhrigeadh ELC maoinichte: ‘Maoineachadh a’ Leantainn a’ Phàiste’ (*Funding Follows the Child*) Tha an dòigh-obrach seo, a chaidh a cho-aontachadh le Riaghaltas na h-Alba agus riaghaltas ionadail neodrach a thaobh solaraiche. Tha e air stèidhichte air Inbhe Nàiseanta<sup>11</sup> a dh’fheumas a h-uile seirbheis coileanadh gus ELC maoinichte a lìbhrigeadh. Tha slatan-tomhais nan Inbhean Nàiseanta a’ gabhail a-steach nan eileamaidean càileachd ris am bu chòir clann agus an teaghlaichean a bhith an dùil bhon ELC aca.

<sup>10</sup> Luchd-sgrùdaidh a’ Chùrain (2022) [Publications and Statistics](#).

<sup>11</sup> Riaghaltas na h-Alba (2018) [Funding follows the child and the national standard for early learning and childcare providers: Prionnsabalan agus cleachdadh](#).

Mar chomharra air buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19, tha sinn air beagan sùbailteachd a thoirt do sheirbheisean ELC a thaobh coinneachadh ris na slatan-tomhais sin. Agus sinn **a' gluasad a dh'ionnsaigh làn bhuileachadh na h-Inbhe Nàiseanta, a tha san amharc san Lùnastal 2023, nì sinn cinnteach gu bheil an taic cheart ann airson seirbheisean gus na slatan-tomhais càileachd a tha air am mìneachadh san Inbhe Nàiseanta a choileanadh**. Bidh seo a' gabhail a-steach taic chuimsichte bho Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim gus cothrom na fèinne a thoirt do sholaraichean gus ullachadh agus leasachadh. Cruinnichidh sinn barrachd fiosrachaidh bho sheirbheisean mun adhartas aca agus mu cho ullaichte 's a tha iad mus tèid co-dhùnadh deireannach a dhèanamh air a' chlàr-ama airson buileachadh iomlan na h-Inbhe Nàiseanta.

Ann an 'Coileanadh a' Chomais: Annam Fhèin'<sup>12</sup>, tha stiùireadh cleachdaidh tràth-bhliadhnaichean aig ìre na cruinne aig Alba a tha a' brosnachadh càileachd tro fhòcas làidir air dòighean-teagaisg cluiche, air an tug an roinn fàilte mhòr. Tha e cuideachd a' toirt seachad stiùireadh gus taic a chumail ri clann gus am bi deagh eadar-ghluasad aca bhon t-suidheachadh ELC dhan bhun-sgoil.

'A' coileanadh a' Chomais: Annam Fhèin' a' co-thaobhadh ris an ìre Thràth den Churraicealam airson Sàr-mhathais (CfE - curraicealam na h-Alba a tha a' dol bho aois trì gu 18). Tha ìre thràth CfE a' ruith gu deireadh clas 1 sa bhun-sgoil. Tha CfE na fhrèama làidir gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig clann agus daoine òga gus an t-eòlas, na sgilean agus na buadhan a thogail a dh'fheumas iad gus atharrachadh, smaoinichadh gu breithneachail agus gus soirbheachadh ann an saoghal an latha an-diugh.

Tha Foghlam Alba ag obair le com-pàirtichean gus taic leasachaidh dian agus chuimsichte a dhealbhadh agus a lìbhrigeadh dhan roinn ELC, agus tarsainn na h-ìre tràth de CfE aig ìre nàiseanta, roinneil agus ionadail ann an seisean acadaimigeach 2022-23. Tha seo a' gabhail a-steach obair a rinneadh a dh'aona ghnòthach gus neartachadh coileanadh na h-aithisg 'A' coileanadh a' Chomais: Annam Fhèin', a tha cuideachd leabaichte anns a h-uile taobh den obair leasachaidh aca le proifeiseantaich tràth-bhliadhnaichean agus stiùirichean anns na roinnean ELC agus bun-sgoile.

Ged a tha tòrr obair math a' dol air adhart eadar Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, Foghlam Alba agus ùghdarrasan ionadail, feumar a dhol nas fhaide gus dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach shoilleir agus rianail ann a thaobh taic do leasachadh càileachd thar gach seirbheis ELC maoinichte a bheir comas do sholaraichean an Inbhe Nàiseanta a choileanadh agus gus an Curraicealam airson Sàr-mhathais a choileanadh agus gus 'A' coileanadh a' chomais: Annam Fhèin' a chur an gnìomh gu h-èifeachdach. **Obraichidh Riaghaltas na h-Alba leis a h-uile buidheann iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil barrachd co-thaobhadh agus stiùireadh ro-innleachdail ann airson obair leasachaidh gus na builean as fheàrr a lìbhrigeadh do chloinn.** Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith ag obair tron lìonra Ceannardan Cothromas is Sàr-mhathais, a' toirt taic do luchd-dreuchd a bhith a' co-roinn nan cleachdaidhean as fheàrr agus a' cumail taic ri leasachadh anns na ceàrnaidhean as bochda de dh'Alba.

Bidh am prògram gus a' bhuidheann foghlaim nàiseanta ùr a chruthachadh a bhios a' dol an àite Foghlam Alba a' cuimseachadh air a bhith a' toirt piseach air slighe iomlan an neach-ionnsachaidh bho thràth-ionnsachadh, tron sgoil gu ionnsachadh treas-ìre agus ionnsachadh stèidhichte san àite-obrach. Nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gun aithnichear cho cudromach agus luachmhor 's a tha ELC taobh a-staigh an t-siostam foghlaim tro na h-atharrachaidhean sin. Bidh prìomh àite aig a' bhuidhinn ùir ann a bhith a' toirt seachad ceannardas agus taic dhan churraicealam, measadh, ionnsachadh agus teagasg do phroifeiseantaich tro shlighe an neach-ionnsachaidh air fad, a' gabhail a-steach ELC.

12 Foghlam Alba (2021) ['A' coileanadh a' Chomais: Annam Fhèin.](#)

Tha cluich agus ionnsachadh a-muigh mar-thà na phàirt bhunaiteach, làitheil de Thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ann an Alba. 'S e an lèirsinn againn gum bi clann ann an ELC a' cur seachad a' cheart uiread de dh'ùine a-muigh 's a bhios a' cosg a-staigh, agus gum bi ùine a-muigh aca gach latha, anns a h-uile suidheachadh. Tha fianais agus rannsachadh ag innse dhuinn gu bheil cluich, ionnsachadh agus spòrs a-muigh a' cur ri slàinte chorporra chloinne agus a' brosnachadh sunnd inntinneil, sòisealta agus faireachail<sup>13</sup>, a tha gu sònraichte cudromach agus sinn a' faighinn seachad air a' ghalair lèir-sgaoilte. **Obraichidh sinn còmhla ris na com-pàirtichean againn gus togail air an taic do dh'ionnsachadh a-muigh do sholaraidhean a chuir sinn an gnìomh aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte**, tro iomairtean leithid Sgoil Nàdar Bhiortail.<sup>14</sup> Fhuair com-pàirtichean sa Phrògram [Out to Play Improve](#) gum b' urrainn dhaibh an ùine a thathar a' cleachdadh a-muigh a mheudachadh le bhith a' cleachdadh dhòighean Leasachadh Càileachd gus atharrachaidhean a dhèanamh air na dòighean-obrach aca.

Nì sinn cinnteach cuideachd gum faigh a' chlann uile buannachd bho bhith fallain agus beathachail mar phàirt den chòir maoineachaidh aca. Gus taic a thoirt do shuidheachaidhean **ùraichidh sinn 'Setting the Table', an stiùireadh againn air beathachadh taobh a-staigh seirbheisean Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne**. Bheir an stiùireadh seo taic do sheirbheisean ELC gus cothrom a ghabhail air Sgeama Baine agus Greimean-bìdh Fallain na h-Alba againn. Bheir an Sgeama maoineachadh do shuidheachaidhean ion-roghnach gus bainne no roghainn eile neo-bhainne, agus greim-bìdh fallain, a thabhann dhan chloinn air fad a bhios a' frithealadh airson dà uair a thìde no barrachd san latha. Tha e a' cumail taic ri leasachadh ann an slàinte chloinne anns na bliadhnaichean as tràithe, rud a tha deatamach gus dèiligeadh ri neo-ionannachdan slàinte agus gus reamhrachd a lùghdachadh. Cumaidh sinn oirnn ag obair le luchd-ùidh tro Bhuidheann Buileachaidh agus Gnìomh Sgeama Baine agus Greimean-bìdh Fallain na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil an Sgeama fhathast a' coileanadh feumalachdan chloinne agus suidheachaidhean cùram-chloinne.

Bheir sinn air adhart obair air Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh ann an ELC, a' togail air Maoin In-ghabhail ELC agus a' toirt feart air a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19 air leasachadh chloinne òga, gu sònraichte a thaobh cainnt is cànan. Thar nan trì bliadhna a tha romhainn cuiridh sinn **airgead an seilbh ann am prògram obrach ùr gus taic chumail ri eadar-theachd thràth ann an cainnt is cànan** do chloinn agus an teaghlaichean, a' cuideachadh le bhith a' togail misneachd agus comas-libhrigidh luchd-obrach a tha ag obair ann an suidheachaidhean ELC agus a' ceangal oidhirpean thar prìomh sheirbheisean poblach eile, leithid tadhalan slàinte.

Obraichidh sinn cuideachd gus an cleachdadh as fheàrr a tha stèidhichte air fianais a leabachadh a thaobh a bhith a' cumail taic ri slàinte-inntinn chloinne is theaghlaichean taobh a-staigh shuidheachaidhean ELC, a' tarraing air molaidhean Buidheann Gnìomha is Crìochnachaidh Clann Trì gu Còig Bliadhna a dh'aois aig Co-Bhòrd Libhrigeadh Slàinte-inntinn is Sunnd Cloinne is Dhaoine Òga.<sup>15</sup>

### **A' cumail taic ri pàrantan agus luchd-cùraim gus an co-dhùnadh ceart a dhèanamh airson an cuid chloinne mu bhith a' tòiseachadh san sgoil**

Faodaidh a h-uile pàrant agus neach-cùraim ann an Alba dàil a chur air an cuid chloinne bho bhith a' dol dhan bhun-sgoil mura h-eile iad còig bliadhna a dh'aois fhathast aig toiseach na bliadhna sgoile. Ach, chan fhaigh a h-uile pàiste cothrom air ELC maoinichte ma tha iad air co-dhùnadh inntigeadh dhan sgoil a chur dheth fad bliadhna. **Bhon Lùnastal 2023, cuiridh sinn reachdas ùr an gnìomh a tha a' ciallachadh gum bi a h-uile teaghlach le clann ion-roghnach a roghnaicheas an ceann-latha tòiseachaidh aca airson clas a h-aon bun-sgoil a chur dheth fad bliadhna ion-roghnach air ELC maoinichte fad bliadhna eile.** A' togail air na 10 pìleatan làithreach air feadh na h-Alba, cumaidh sinn oirnn ag obair le ùghdarrasan ionadail agus an roinn gus dèanamh cinnteach gu bheil seo air a làn bhuileachadh, stèidhichte air a' Cho-phlana Buileachaidh a chaidh aontachadh le COSLA agus ùghdarrasan ionadail. Bheir an reachdas ùr seo taic do theaghlaichean gus co-dhùnaidhean a dhèanamh stèidhichte air math an cuid chloinne, gun bhacadh ionmhasail a bhith orra bho chosgaisean ELC.

13 Riaghaltas na h-Alba (2019) [Nature-based early learning and childcare - influence on children's health, wellbeing and development: literature review](#).

14 [www.virtualnatureschool.org](http://www.virtualnatureschool.org)

15 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Children and Young People's Mental Health and Wellbeing Joint Delivery Board](#).

## A' cumail taic ri sunnd teaghlaich

Bho 2018, tha sinn air maoineachadh a thoirt do dh' ùghdarrasan ionadail gus stiùirichean Cothromas is Sàr-mhathais aig ìre ceumnachaidh fhadastad ann an suidheachaidhean ELC anns na sgìrean fon ana-cothrom as motha ann an Alba. Bidh stiùirichean Cothromas is Sàr-mhathais ag obair gu sùbailte le clann agus teaghlaichean aig a bheil feum air taic a bharrachd agus tha saorsa aig ùghdarrasan ionadail an dreuchd a chumadh a rèir feumalachdan agus phrìomhachasan ionadail.

Eadar 2019 agus 2021 thug sinn maoineachadh do [Peep](#) gus am Prògram Ionnsachadh Teaghlaich Alba a lìbhrigeadh, a' tabhann trèanadh agus taic do 432 proifeiseantaich cùram-chloinne thar nan 32 ùghdarrasan ionadail gu lèir. Chaidh proifeiseantaich cùram-chloinne a thrèanadh gus am Prògram *Peep Learning Together* agus *Peep Progression Pathway* a lìbhrigeadh gus pàrantan a chuideachadh gus ionnsachadh mu leasachadh tràth, mar a chumas iad taic ri ionnsachadh chloinne, agus cuideachd gus taic a chumail ri comas pàrantan no luchd-cùraim fhèin a thaobh ionnsachadh gus an urrainn dhaibh gabhail ri cothroman trèanaidh agus cosnaidh. Bha mòran den fheadhainn a fhuair trèanadh nan stiùirichean Cothromas agus Sàr-mhathais, a' leabachadh comas-lìbhrigidh air feadh na h-Alba gus an urrainn proifeiseantaich sgileil dàimhean dlùth a thogail le clann agus teaghlaichean còmhla.

A' togail air luachadh nam prògraman sin, air fios air ais bhon roinn agus bunait fianais nas fharsainge bho obair A' Gheallaidh agus air sunnd iomlan an teaghlaich shlàin, cruthaichidh sinn prògram obrach gus taic a chumail ri sgìrean agus seirbheisean ionadail gus sunnd teaghlaich fhisge a-steach do sheirbheisean ELC.

## A' measadh an leudachaidh air ionnsachadh tràth is cùram-chloinne

Tha e deatamach gun dèan sinn measadh ceart air poileasaidh mòr ùr leithid leudachadh ELC maoinichte gus tuigsinn dè tha ag obair, a bheil am poileasaidh a' dèanamh eadar-dhealachadh agus a bheil dùbhlain sam bith fhathast ann. Tha sinn air ro-innleachd measaidh fhoillseachadh<sup>16</sup> an cois a' phlana seo a tha a' mìneachadh na dòigh-obrach againn airson a bhith a' measadh mar a tha leudachadh ELC a' dèanamh eadar-dhealachadh dhan roinn agus do chàileachd an t-solair, agus do chloinn, am pàrantan, luchd-cùraim agus teaghlaichean. Tha seo a' mìneachadh na dòigh-obrach againn gus an fhianais a dh'fheumas sinn a chruinneachadh tro thùsan dàta làithreach agus ùr, a' gabhail a-steach a bhith a' nochdadh bheachdan na roinne ann an Alba. Cumaidh sinn oirnn a' cruinneachadh agus a' foillseachadh na fianais a dh'ainmich sinn san ro-innleachd nuair a bhios i ri fhaighinn, le aithisg dheireannach gu bhith ann ann an 2025. Neartaichidh am measadh a' bhunait fianais a th' ann mar-thà agus leudaichidh e cuid de na prìomh bheàrnan a tha air am mìneachadh ann an [Eàrr-ràdh A](#) gu h-ìosal, a' gabhail a-steach measadh air mar a chuidicheas ELC maoinichte pàrantan agus luchd-cùraim gus gluasad nas fhaisge air a' mhargaidh obrach.

16 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Early Learning and Childcare Expansion Programme: Evaluation Strategy](#)

## ► Prìomhachas 2: A' cur ri leudachadh na tairgse cùram-chloinne againn, a' gabhail a-steach a bhith a' togail siostam cùram-chloinne airson clann aois sgoile san àm ri teachd agus tairgse tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne ùr do chlann a tha bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois

Bhon Phrògram Riaghlaidh 2021<sup>17</sup> tha sinn air gealltainn:

- a bhith a' leudachadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne an-asgaidh do chloinn bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois, a' tòiseachadh sa Phàrlamaid seo leis a' chloinn as motha a gheibh buannachd; agus
- a bhith a' togail siostam de chùram-chloinne airson clann aois sgoile ro dheireadh na Pàrlamaid seo, a' toirt seachad cùram ro agus às dèidh na sgoile, fad na bliadhna, a' cumail taic ri pàrantan agus luchd-cùraim – gu sònraichte an fheadhainn air teachd a-steach ìosal – gus obair thèarainte is sheasmhach a bhith aca. Cha phàigh an fheadhainn air an teachd a-steach as ìsle dad.

Tron Phàrlamaid mu dheireadh, dh'obraich sinn gus com-pàirteachadh a dhèanamh le clann is teaghlaichean, gus fianais a thogail, agus gus sealladh soilleir a chruthachadh airson tairgse cùram-chloinne do chlann aig aois sgoile san àm ri teachd. Tha obair air leudachadh tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte do chloinn a tha bliadhna no dà bhliadhna a dh'aois aig ìre leasachaidh nas tràithe.

Thar nan ceithir bliadhna ri teachd obraichidh sinn le ar com-pàirtichean gus tòiseachadh air na geallaidhean sin a chur an gnìomh ann an dòigh a choileanas feumalachdan chloinne, phàrantan, luchd-cùraim agus teaghlaichean. Ged a dh'fhaodadh sinn dòigh-obrach eadar-dhealaichte a chleachdadh a thaobh lìbhrigeadh beachdaichidh sinn gu faiceallach air mar a tha seirbheisean ùra a' co-thaobhadh ri agus a' togail air na modailean solair a th' ann mar-thà, agus bheir sinn feart do na leasan a dh'ionnsaich

sinn bho bhuileachadh soirbheachail leudachadh nan 1140 uair a thìde gu ruige seo.

Mar a chuir sinn an cèill sa Phlana Lìbhrigidh airson Cur an Aghaidh Bochdainn Cloinne, **bidh sinn cuideachd a' dèanamh lèirmheas air ion-roghnachd** a mhìnicheas an dòigh-obrach as fheàrr airson ruigsinneachd air cùram-chloinne maoinichte a leudachadh airson barrachd de na teaghlaichean a tha nam prìomhachas a thaobh bochdainn chloinne thar cùrsa na Pàrlamaid seo. Bheir am pròiseas aire do bheachdan agus gnàth-eòlasan chom-pàirtichean anns na roinnean poblach, prìobhaideach, treas-roinn agus roinn an luchd-aireachaidh chloinne. Mar phàirt den phròiseas seo beachdaichidh sinn air dòighean-obrach cunbhalach a thaobh ion-roghnachd airson nan tairgsean cùram-chloinne uile againn a nì cinnteach gum bi dòigh-obrach shìmplidh, aonaichte ann do theaghlaichean, agus a mheudaicheas na cothroman gus taic a thoirt do chloinn agus teaghlaichean gus faighinn a-mach à bochdainn.

### **A' cruthachadh tairgse ùr de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne do chloinn a tha bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois**

Thòisich a' chiad ìre den phrògram seo ann an 2022-23 agus tha i a' cuimseachadh air rannsachadh, lèirsinn agus conaltradh. **Obraichidh sinn còmhla ri teaghlaichean gus tuigse fhaighinn air na tha iad ag iarraidh agus a' feumachdainn bho thairgse do chloinn nas òige**, gu sònraichte an fheadhainn anns na coimhearsnachdan fon ana-cothrom as motha. Bidh an dòigh-obrach againn a' togail air an ionnsachadh a rinn sinn bhon phrògram cùram-chloinne aig aois sgoile a thaobh mar a chleachdas sinn Dòigh-obrach na h-Alba a thaobh Dealbhadh Seirbheis<sup>18</sup>.

17 Riaghaltas na h-Alba (2021) [A fairer, greener Scotland: Programme for government 2021-22](#).

18 Riaghaltas na h-Alba (2019) [The Scottish Approach to Service Design](#).

## Nì sinn mapadh air an t-solair làithreach do chloinn bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois

(an dà chuid a thaobh diofar mhodailean seirbheis agus solar cruinn-eòlasach) air feadh na h-Alba, agus obraichidh sinn le eòlaichean, ùghdarrasan ionadail agus solaraichean seirbheis gus ar bunait fianais a thogail agus gus ionnsachadh bhon t-solar a th' ann mar-thà air feadh na RA agus dùthchannan eile. Tha sinn ag aithneachadh agus a' cur luach air na seallaidhean agus air an eòlas gun samhail as urrainn proifeiseantaich anns na roinnean poblach, prìobhaideach, treas roinn agus roinn an luchd-aireachaidh chloinne a thoirt dhan phrògram, le mòran dhiubh a' toirt cùram do chloinn nas òige mar-thà, a bharrachd air na dh'ionnsaicheas sinn bho ùghdarrasan ionadail a tha a' toirt seachad taic chuimsichte mar-thà.

Chaidh cho cudromachd 's a tha tasgadh ro-chasgach agus taiceil ann an teaghlaichean a dhearbhadh gu soilleir tro obair an Lèirmheis Cùraim Neo-eisimeileach<sup>19</sup> agus tha e air a chur an cèill air feadh na h-aithris anns a' Ghealladh. Cuiridh sinn ris a' bhunait fianais againn a thaobh nan trì builean a tha air am mìneachadh gu h-àrd, agus aithnichidh sinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' measadh mar a ghabhas taic a chumail ri taic sunnd teaghlaich (mar bhuil) agus taic teaghlaich (mar mhodail lìbhrigidh) tro phrògram leudaichte airson clann a tha bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois. Ann an 2022-23 bidh sinn ag obair le cuid de na com-pàirtichean againn san roinn gus dòighean ùr-ghnàthach a chomharrachadh gus seirbheisean a lìbhrigeadh a chumas taic ri amasan Maoin Sunnd an Teaghlaich air Fad.

Bho 2023-24 a-mach, foillsichidh sinn na toraidhean bhon chiad ìre den phrògram agus tòisichidh sinn air modailean solair a chruthachadh, fheuchainn agus a mheas. Gabhaidh sinn cuideachd an cothrom gus ionnsachadh bhon obair a rinn daoine a ghabh ris gu tràth sa choimhearsnachd, a nithear gus siostam cùram-chloinne aig aois sgoile a dhealbhadh, mar a tha air a mhìneachadh nas mionaidiche gu h-ìosal.

## A' togail siostam de cùram-chloinne aig aois sgoile

A' leantainn Dòigh-obrach na h-Alba a thaobh Dealbhadh Seirbheis, nì sinn cinnteach gun cleachd sinn dòigh-obrach a tha stèidhichte air an neach, a' toirt cumhachd agus taic do dhaoine a bhith an sàs ann an dealbhadh sheirbheisean cùram-chloinne aig aois sgoile sna coimhearsnachdan aca.

Obraichidh sinn còmhla ri teaghlaichean, solaraichean cùram-chloinne, agus an roinn phoblaich san fharsaingeachd gus siostam a thogail a bhios a rèir feumalachdan teaghlaichean fa leth. Nì sinn cinnteach gum bi seirbheisean san àm ri teachd ruigsinneach agus aig prìs a tha ruigsinneach do theaghlaichean, agus gum bi iad air am maoinachadh dhaibhsan leis an teachd a-steach as ìsle.

Bidh dòigh-obrach againn stèidhichte air àite, ag aithneachadh nach eil aon fhuasgladh ann a thaobh a bhith a' toirt seachad cùram-chloinne ann an coimhearsnachdan. Aon uair 's gu bheil sinn a' tuigsinn feumalachdan theaghlaichean, nì sinn cinnteach gun dèan sinn làn-fheum de sheirbheisean agus bun-structair a th' ann mar-thà agus nach cruthaich sinn seirbheisean agus bun-structar ùr ach a-mhàin far a bheil sin a dhìth. Bidh sinn cuideachd ag amalachadh solar bidh is cùram-chloinne, far an gabh sin dèanamh, a' tuigsinn cho cudromach 's a tha cothrom air biadh fallain agus beathachail mar phàirt de thairgse cùram-chloinne sam bith.

Tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth leis an roinn cùram-chloinne aois sgoile riaghlaichte agus le roinn gnìomhachdan nas fharsainge gus tuigse mhath fhaighinn air an t-siostam cùram-chloinne aig aois sgoile a th' againn ann an Alba mar-thà. Tha sinn cuideachd air com-pàirteachadh le clann agus daoine òga, pàrantan, agus luchd-cùraim gus tuigse fhaighinn air na dùbhlain a tha romhpa ann a bhith a' faighinn cothrom air cùram-chloinne airson an cuid chloinne aig aois sgoile. Chaidh aithris air seo anns an Dreach Frèama airson Cùram Taobh a-muigh na Sgoile againn<sup>20</sup> agus san Aithisg Adhartais againn<sup>21</sup>.

<sup>19</sup> [www.carereview.scot](http://www.carereview.scot)

<sup>20</sup> Riaghaltas na h-Alba (2019) [Out of School Care in Scotland: A Draft Framework](#).

<sup>21</sup> Riaghaltas na h-Alba (2021) [School age childcare: Progress Report](#).

Tha sinn air tòiseachadh air deuchainn a dhèanamh air an atharrachadh a dh'fheumar gus seirbheisean a leasachadh agus a libhrigeadh san àm ri teachd tro ar pròiseactan agus pileatan Maoin Cothrom air Cùram-chloinne, agus air a' phrògram Samhraidh 2022 againn. Tha an obair seo air a bhith ag amas air na teaghlaichean anns a' chunnart as motha bho bhochdainn. Thug a' Mhaoin Cothrom air Cùram-chloinne taic do 18 pròiseactan pileat luach £3 millean tro 2020-2022 agus tha i fhathast a' toirt taic ionmhasail do 10 pròiseactan am-bliadhna. A bharrachd air sin, tha sinn air £10 millean a thasgadh thar nan 32 ùghdarrasan ionadail gu lèir gus biadh saor-làithean samhraidh, gnìomhachdan agus cùram-chloinne a libhrigeadh. Bidh an t-ionnsachadh a fhuaradh bho na prògraman Cothrom air Cùram-chloinne agus Samhradh 22 deatamach ann a bhith a' dealbhadh tairgse cùram-chloinne aig aois sgoile fad na bliadhna do theaghlaichean aig a bheil teachd a-steach ìosal. Tha measadh Maoin Cothrom air Cùram-chloinne 2020-2022 a-nis air fhoillseachadh<sup>22</sup>, agus thèid làn mheasadh air prògram Samhradh 22 fhoillseachadh tràth ann an 2023.

**Tòisichidh an obair againn le bhith a' comharrachadh agus a' toirt taic do choimhearsnachdan a ghabhail ri seo gu tràth air feadh na h-Alba** far an urrainn dhuinn deuchainn a dhèanamh air cò ris a bhiodh siostam ionadail de chùram-chloinne aig aois sgoile coltach. Bidh seo a' gabhail a-steach obair com-pàirteachais le raon de sheirbheisean a th' ann mar-thà agus seirbheisean ùra, agus co-dhealbhadh leis a' chloinn agus na teaghlaichean a tha a' fuireach anns na coimhearsnachdan sin. Tha fios againn nach toir maoinachadh cùram-chloinne leis fhèin cothrom do theaghlaichean piseach a thoirt air na suidheachaidhean aca agus mar sin obraichidh sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil solar cùram-chloinne air a cho-thaobhadh, far a bheil sin comasach, ri taic nas fharsainghe do na teaghlaichean as motha a tha ann an cunnart bochdainn. Tha sin a' gabhail a-steach planaichean ionadail gus dèiligeadh ri bochdainn, taic cosnaidh, cleachdaidhean obrach cothromach, còmhail ruigsinneach, agus taic teaghlaich san fharsaingeachd.

Tha sinn a' cruthachadh **frèama libhrigidh airson cùram-chloinne aig aois sgoile** a mhìnicheas an dòigh-obrach agus na prionnsapalan a chleachdas sinn ann a bhith a' dealbhadh siostam cùram-chloinne aig aois sgoile san àm ri teachd, a bharrachd air clàran-ama gus an obair seo a thoirt air adhart, nas fhaide air adhart am-bliadhna.

22 Clann an Alba (2022) [Access to Childcare Fund 2020-2022 - Final evaluation report](#).

## ► Prìomhachas 3: A' dèanamh cinnteach gu bheil roinn agus proifesean a tha seasmhach, eadar-mheasgte agus soirbheachail a' cumail taic ri lìbhrigeadh nam prìomhachasan againn

### A' cumail taic ri seasmhachd roinne a' chùram-chloinne

Chan urrainn dhuinn deagh bhuilean a lìbhrigeadh do chloinn agus teaghlaichean mur a bi roinn cùram-chloinne againn a tha seasmhach, eadar-mheasgte agus soirbheachail. Tha seirbheisean cùram-chloinne agus proifeiseantaich thar nan roinnean poblach, prìobhaideach, an treas roinn agus roinn an luchd-aireachaidh chloinne air taic ro-chudromach a thoirt do theaghlaichean is clann aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19. Tha fios againn gu bheil fìor dhùbhlain mu choinneamh gnìomhachasan agus daoine fa leth fhathast mar thoradh air seo, agus gu bheil na cuideaman sin gan dèanamh nas miosa mar thoradh air ùpraid eaconamach den t-seòrsa nach fhacas airson ginealach a tha mar-thà a' toirt buaidh air daoine, gnìomhachasan, seirbheisean poblach agus air an treas roinn air feadh na h-Alba.

Tha iarrtas air cùram-chloinne cuideachd air atharrachadh tron ghalar lèir-sgaoilte, a' cruthachadh dhùbhlain sònraichte do ghnìomhachasan beaga. Chaidh na h-àireamhan nach robh a' cur feum air cùram chloinne tuilleadh suas sa bhliadhna chun an Ògmhios 2021. Ged a thàinig seo às dèidh ìsleachadh anns an àireamh de dhaoine nach robh a' cur feum air seirbheisean tuilleadh gach bliadhna eadar an t-Ògmhios 2018 agus an t-Ògmhios 2020, cumaidh sinn sùil gheur air treandaichean. Tha an ìre de dhaoine nach robh a' cur feum air seirbheisean aireachaidh chloinne mòran nas àirde na airson sheirbheisean cùram-chloinne latha,<sup>23</sup> agus tha an galar lèir-sgaoilte cuideachd air buaidh mhòr a thoirt air proifeiseantaich a tha ag obair ann an roinn a' chùram-chloinne.

Uile gu lèir, tha Riaghaltas na h-Alba air £900 millean a thoirt seachad mar-thà gus taic a thoirt do ghnìomhachasan ann an Alba am-bliadhna, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt suas ri £9.8 millean seachad tro Mhaoin Buaidh Omicron Roinn a' Chùram-chloinne. **Obraichidh sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan sònraichte na roinne tràth-ionnsachaidh agus roinn a' chùram-chloinne aig aois sgoile air an nochdadh ann an ceuman sam bith san àm ri teachd gus taic a thoirt do ghnìomhachasan agus seirbheisean poblach a dh'fhaodadh a bhith a dhìth.**

**Mar phàirt den taic againn dhan roinn, nì sinn reachdas gus leantainn air adhart le Sgeama Faochadh Reataichean nan Sgoiltean-àraich, a bheir faochadh 100 sa cheud air Reataichean Neo-dhachaigheil do sgoiltean-àraich latha ion-roghnach** (le ùmhlachd do riaghailtean smachd subsadaidh), seachad air a' cheann-latha crìochnachaidh reachdail làithreach, 30 Ògmhios 2023. Tha Riaghaltas na h-Alba a-nis air measadh a dhèanamh air an fhaochadh, a tha air nochdadh gun robh buannachdan aig an taic seo, luach timcheall air £9.6 millean do sgoiltean-àraich iomchaidh, agus dhan chloinn is do na teaghlaichean a bhios a' cleachdadh nan seirbheisean sin.

23 Riaghaltas na h-Alba (2021) [Financial Sustainability Health Check of the Childcare Sector in Scotland: Analysis and Evidence](#).

Cruthaichidh sinn **taic gnìomhachais airson gach pàirt den roinn cùram-chloinne** trom faigh luchd-solair cothrom air comhairle speisealach shònraichte mu bhith a' neartachadh agus ag iomadachadh an cuid gnìomhachasan. Bidh dòigh làidir ach co-rèireach againn gus sùil a chumail air seasmhachd ionmhasail nan roinnean poblach, prìobhaideach, an treas roinn is roinn a' cùram-chloinne gus dèanamh cinnteach gu bheil an dà chuid poileasaidh nàiseanta agus ionadail air a stiùireadh leis an fhianais as ùire mu shlàinte na roinne tron àm dhùbhlach seo.

Ràinig sinn aonta maoinachaidh ioma-bliadhna le COSLA ann an 2018 gus taic a chumail ris an leudachadh gu 1140 uair a thìde, agus às dèidh sin dh'aontaich sinn rèiteachadh aon-bhliadhna ann an 2022-23. Bha ullachaidhean an lùib seo gus grunn co-phrìomhachasan a bhuileachadh, a' gabhail a-steach ceumannan gus buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte COVID-19 a lasachadh, gus dèanamh cinnteach gum biodh reataichean seasmhach ann agus gus ìre-cleachdaidh ELC cuimsichte a mheudachadh.

Fo Mhaoineachaidh a' Leantainn a' Phàiste agus an Inbhe Nàiseanta— a dh'aontaich sinn an co-bhonn le COSLA – feumaidh ùghdarrasan ionadail ìrean maoinachaidh seasmhach a shuidheachadh agus brosnachadh gun tèid am fìor Thuarastal Bith-beò a phàigheadh dhan a h-uile neach-obrach a tha a' libhrigeadh ELC maoinichte. Bhon uair sin, tha sinn air fìor adhartas fhaicinn an dà chuid ann an reataichean seasmhach agus ann am pàigheadh an fhìor Thuarastal Beò.

Ron leudachadh, sheall an rannsachadh againn gun robh 80 sa cheud de phroifeiseantaich cùram chloinne a' toirt seachad ELC maoinichte a' faighinn nas lugha na am Fìor Thuarastal Bith-beò aig an àm.<sup>24</sup> Fhuair an rannsachadh againn a-mach ann an 2021 gun robh còrr is 88 sa cheud de sholaraichean san roinn phrìobhaidich agus san treas roinn a bha a' libhrigeadh ELC maoinichte an dùil am fìor Thuarastal Bith-beò a phàigheadh dhan a h-uile neach-obrach san t-suidheachadh aca (chan e dìreach luchd-obrach aig a bheil pàigheadh tro mhaoinachadh 1140) bhon Lùnastal 2021. Tha ìrean cuibheasach a phàigh ùghdarrasan ionadail do sholaraichean ELC maoinichte air a dhol suas 48 sa cheud eadar 2017 agus 2021<sup>25</sup> gu £5.44 san uair (airson clann trì gu còig bliadhna), agus tha an ìre chuibheasach as àirde san RA a-nis aig Alba.

### Reataichean seasmhach

£5.44



£3.68

Mar thoradh air leudachadh ELC, tha ìrean cuibheasach pàighte do sholaraichean airson clann trì gu còig bliadhna a dh'aois a tha a' faighinn ELC maoinichte air a dhol suas 48 sa cheud eadar 2017 agus 2021, bho £3.68 san uair ann an 2017-18 gu £5.44 san uair ann an 2021-22.

[Tùs: Mion-sgrùdadh Riaghaltas na h-Alba air reataichean ùghdarrasan ionadail - 2019 agus 2021<sup>25</sup>]

Ann an Sgrùdadh Slàinte Seasmhachd Ionmhais againn ann an 2021 againn, gheall sinn gun obraicheamaid le COSLA gus pròiseasan suidheachadh reataichean a neartachadh. Bhon uair sin tha COSLA air a bhith ag obair le com-pàirtichean gus eacarsaich cruinneachadh chosgaisean nàiseanta a ruith gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd nas fheàrr agus dàta cosgais coimeasach bho sholaraichean ann. Chaidh stiùireadh ùr air suidheachadh reataichean fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba agus COSLA sa Chèitean 2022. Mar thoradh air seo tha sinn an dùil gun tèid barrachd adhartais a dhèanamh ann an 2022-23, agus **foillsichidh sinn fiosrachadh às ùr as t-fhoghar air na reataichean seasmhach a chaidh a shuidheachadh le ùghdarrasan ionadail**.

**Obraichidh sinn cuideachd le riaghaltas ionadail gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air an dòigh-obrach airson ìrean a shuidheachadh ann an 2022-23 gus comharrachadh far an gabh seo a leasachadh barrachd gus dèanamh cinnteach gu bheil reataichean a rèir nan cosgaisean airson a bhith a' libhrigeadh ELC maoinichte agus a bhith a' pàigheadh an fhìor Thuarastal Bith-beò do luchd-obrach**. Fiosraichidh an lèirmheas seo na gnìomhan eile a thìid a ghabhail ron ath bhliadhna ionmhais, taobh a-staigh nan goireasan a tha rim faighinn, agus an dòigh-obrach nas fharsainghe a thaobh a bhith a' suidheachadh reataichean tron chòrr den Phàrlamaid seo. Bidh seo a' gabhail a-steach beachdachadh air ùrachadh sam bith a tha a dhìth air an stiùireadh air reataichean seasmhach a tha a' dol còmhla ris.

Tha sinn fhathast dealasach a thaobh a bhith a' leabachadh an fhìor Thuarastal Bith-beò air feadh na roinne agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne aig aois sgoile san àm ri teachd a tha maoinichte a' cumail taic ri leasachaidhean a bharrachd air pàigheadh agus cumhaichean airson proifeiseantaich cùram-chloinne.

24 Riaghaltas na h-Alba (2016) [Financial Review of Early Learning and Childcare in Scotland: The Current Landscape](#).


25 Riaghaltas na h-Alba (2019) [Overview of local authority support and funding for Early Learning and Childcare providers](#).

Riaghaltas na h-Alba (2021) [Summary of the Returns - Early Learning and Childcare providers - local authority funding and support: overview](#).

## A' cumail taic ri iomadachd na roinne cùram-chloinne

Tron leudachadh gu 1140 uair a thìde, tha an sgioba-obrach cùram-chloinne air fàs gu mòr agus tha 46,260 proifeiseantaich ann a-nis - àireamh nach fhacas riamh roimhe (a' gabhail a-steach luchd-airachaidh chloinne agus tidsearan) clàraichte airson obair san roinn.<sup>26</sup> Tha sinn moiteil gun robh àrdachadh de 52 sa cheud san àireamh de luchd-ceumnachaidh le ceuman a' buntainn ri tràth-bhliadhnaichean a tha ag obair ann an ELC eadar 2017<sup>27</sup> agus 2021<sup>28</sup>, agus den raon fharsaing de sholaraidhean agus de phroifeiseantaich a tha a' libhrigeadh seirbheisean cùram-chloinne ann an Alba.

### Feachd-obrach cùram-chloinne latha



Tha àireamh luchd-obrach cùram-chloinne latha air a dhol suas 34 sa cheud bho 2011 - a' sealltainn leudachadh ELC thar na h-ùine seo.

[Tùs: SSSC workforce data reports<sup>29</sup>]



### Àireamh luchd-obrach le teisteanasan aig ìre ceum

Luchd-obrach le teisteanasan aig ìre ceum (FTE)	2017	2018	2019	2020	2021
Ceumnaichean	2,074	2,302	2,535	2,721	3,150
Luchd-teagaisg	921	821	798	729	704
<b>Iomlan</b>	<b>2,994</b>	<b>3,124</b>	<b>3,333</b>	<b>3,449</b>	<b>3,854</b>

Tha an àireamh de luchd-obrach (FTE) le teisteanasan aig ìre ceum air a dhol suas faisg air 29 sa cheud eadar 2017 agus 2021.

[Tùs: Cunntas-sluaigh Tràth-ionnsachadh is Cùraim-chloinne aig Riaghaltas na h-Alba<sup>30</sup>]

- B' e 2017 a' chiad bhliadhna a chruinnich sinn dàta mu cheumnaichean anns a' chunntas-sluaigh ELC
- Tha seo a' gabhail a-steach tidsearan tadhal dhachaigh ELC a tha air am fastadh sa mheadhan

26 Comhairle Sheirbheisean Sòisealta na h-Alba (2022) [Scottish Social Service Sector: Report on 2021 Workforce Data](#)

27 Riaghaltas na h-Alba (2017) [Early learning and childcare statistics 2017](#).

28 Riaghaltas na h-Alba (2021) [Early learning and childcare statistics 2021](#).

29 Comhairle Seirbheisean Sòisealta na h-Alba (2022) [Workforce data reports](#).


30 Riaghaltas na h-Alba (2021) [Summary Statistics For Schools In Scotland 2021](#).

Tha an iomadachd seo a' toirt roghainnean agus sùbailteachd do theaghlaichean, agus a' tabhann diofar chothroman agus eòlasan do chloinn. Le bhith a' buileachadh Maoineachaidh a' Leantainn a' Phàiste agus an Inbhe Nàiseanta, gheibh teaghlaichean cothrom air còir ELC maoinichte an cuid chloinne aig solaraiche sam bith aig a bheil àite, a tha a rèir na h-Inbhe Nàiseanta, agus a tha deònach cùmhnant a dhèanamh leis na h-ùghdarrasan ionadail.

Mus deach ELC maoinichte a leudachadh, rinn sinn ro-mheasadh gum biodh mu chairteal de na h-uairean a thìde maoinichte air an lìbhrigeadh le solaraichean anns an roinn phrìobhaidh, treas roinn agus roinn an luchd-aireachaidh chloinne. Tha sinn toilichte gu bheil am fiosrachadh as ùire bho ùghdarrasan ionadail a' sealltainn gu bheil timcheall air 30 sa cheud de dh'uairean a thìde air an lìbhrigeadh leis an t-seòrsa sholaraichean seo.

Ach, anns na bliadhnachan mu dheireadh tha sinn air crìonadh fhaicinn anns an àireamh de sheirbheisean aireachaidh chloinne. Tha sinn ag aithneachadh cho luachmhor 's a tha luchd-aireachaidh chloinne ann a bhith a' toirt taic do dh'ionnsachadh is leasachadh chloinne, agus ann an roghainnean cùram-chloinne do theaghlaichean. **Cumaidh sinn oirnn ag obair le ùghdarrasan ionadail agus com-pàirtichean gus am Plana Gnìomh Our Commitment to Childminding a chur an gnìomh**<sup>31</sup>, agus gus mothachadh a thogail mu chùram-chloinne mar roghainn airson solar maoinichte ELC, a bharrachd air seirbheisean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn. Beachdaichidh sinn cuideachd air mar as urrainn dhuinn taic a thoirt do mhodhan-obrach leasaichte a thaobh leasachadh luchd-obrach. Mar eisimpleir, le bhith ag àrdachadh mothachadh air, agus cothrom air, meantoradh agus coidseadh aig àrd inbhe.

## Àireamh nan seirbheisean aireachaidh chloinne



**Bha crìonadh de chòrr is 29 sa cheud air san àireimh de sheirbheisean cùram-chloinne eadar 2016 agus 2021. Ach, thar na h-ùine seo chaidh cuibhreann a tha a' sìor fhàs de sheirbheisean luchd-aireachaidh chloinne aontachadh gus ELC maoinichte a lìbhrigeadh.**


[Tùs: Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim<sup>32</sup>]

Tron **Fhrèama Ro-innleachdail airson Proifeisean Cùram-chloinne na h-Alba a tha gu bhith ann, obraichidh sinn le com-pàirtichean agus leis an roinn gus farsaingeachd de ghnìomhan a chruthachadh a chumas taic ri feachd-obrach seasmhach, eadar-mheasgte, àrd-sgileil** gus seirbheis a thoirt dhan roinn cùram-chloinne gu lèir. Nì sinn ar dìcheall gus am bi proifeiseantaich air an luachadh agus air an aithneachadh airson an ròil dheatamach aca ann a bhith a' toirt seachad ionnsachadh agus cùram den chàileachd as àirde a leigeas le ar clann an làn chomas a choileanadh agus gus piseach a thoirt air na builean aca fhèin agus aig an teaghlaichean.


31 Riaghaltas na h-Alba (2021) [Our Commitment to Childminding: Aithisg](#).

32 Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim (2022) [Publications and Statistics](#).

### An àireamh de sheirbheisean cùram-chloinne latha clàraichte le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim



### Comas-lìbhrigidh cùram latha de sheirbheisean chloinne clàraichte le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim



**Tha an àireamh de sheirbheisean cùram-latha do chloinn a tha clàraichte le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air a dhol sìos beagan bho 2015. Ach, tha comas iomlan nan seirbheisean sin air a dhol suas 14 sa cheud eadar 2014 agus 2021.**

**Thar na h-aon ùine, tha sinn air àrdachadh fhaicinn anns a' chuibhreann de sheirbheisean a tha air an ruith le ùghdarrasan ionadail, agus lùghdachadh beag anns a' chuibhreann a tha air an ruith le solaraichean saor-thoileach no neo-phrothaideach.**

[Tùs: Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim<sup>33</sup>]

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gun urrainn do phroifeiseantaich cùram-chloinne uile dreuchdan sàsachail a bhith aca agus an cuid sunnd agus tapachd a neartachadh. Beachdaichidh sinn air an iarrtas airson luchd-obrach agus sinn a' dèanamh adhartas ann a bhith a' togail agus a' dealbhadh ar gealltanasan ùra a thaobh cùram-chloinne, a' dèanamh cinnteach gu bheil solar gu leòr taobh a-staigh siostam nan sgilean gus coinneachadh ris an iarrtas sin, agus gus cur ri com-pàirteachadh thar na roinne a thaobh iarrtas agus planadh sgilean.<sup>33</sup>

Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do dh'fhastadh thar roinn a' chùraim-chloinne agus gus dreuchd eadar-mheasgte a chruthachadh a bhios a' riochdachadh comann-sòisealta na h-Alba san fharsaingeachd. Nì sinn cinnteach gu bheil dealbhadh tairgsean cùram-chloinne maoinichte ùr a' gabhail a-steach na h-iomadachd solair a tha ann mar-thà agus gu bheil e a' cruthachadh chothroman a bharrachd gus seòrsaichean solair cruthachail ùra a chruthachadh a fhreagras air feumalachdan chloinne is theaghlaichean.

33 Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim (2022) [Publications and Statistics](#).

## ► Prìomhachas 4: A' dèanamh cinnteach gu bheil na h-àrd-amasan againn stèidhichte air frèaman maoinachaidh agus builean cothromach, dàta làidir agus buidhnean a tha ag obair còmhla gus taic a chumail ri deagh bhuilean do chloinn is theaghlaichean

### Maoinachadh cothromach, frèaman builean, agus dàta làidir


Tha a' chiad bhliadhna shlàn de bhuileachadh de 1140 uair a thìde de ELC de chàileachd àrd air tachairt a-nis, agus tha sinn a' dol a-steach gu suidheachadh nas seasmaiche de bhith a' stèidheachadh agus a' leasachadh sheirbheisean, agus tha e cudromach a-nis gum bi seo air a neartachadh le dòigh-obrach sheasmhach, fhad-ùine a thaobh maoinachadh le riaghaltas ionadail agus do luchd-solair. Bu chòir seo taic a chumail ri làn bhuileachadh nan 1140 uair a thìde air feadh na roinne, a' gabhail a-steach atharrachaidhean ann an iarrtas, cosgaisean libhrigidh caochlaideach, agus atharrachaidhean deamografach bho 2018. Tha an àireamh de chloinn aig aois ELC (clann eadar dà agus còig bliadhna a dh'aois) ann an Alba seachd sa cheud nas ìsle ann an 2022 na bhathas an dùil aig toiseach leudachaidh ELC.<sup>34</sup>, agus thathar an dùil gun lean an tuiteam seo thairis air an ath 10 bliadhna.<sup>35</sup>

34 Ann an ro-mheasaidhean àireamh-sluaigh aig Clàran Nàiseanta na h-Alba stèidhichte air 2016, bha dùil gum biodh 225,271 clann aois 2-5 ann an Alba ann an 2022. Anns na ro-mheasaidhean sluaigh as ùire (stèidhichte air 2020), tha an àireamh seo air tuiteam gu 208,844. Tha figearan ro-mheasaidh aig Clàran Nàiseanta na h-Alba rim faighinn aig: [Projected Population of Scotland | National Records of Scotland](#).


35 Riaghaltas na h-Alba (2022) [A Scotland for the future: Opportunities and challenges of Scotland's changing population](#).



### Àireamh-sluaigh na Cloinne



### Àireamh-sluaigh na Cloinne (ro-mheasaidhean)



Tha an àireamh ro-mheasta de chloinn aois 0 gu 5 air tuiteam gach bliadhna bho 2013, agus tha an tuairmse airson clann aois 2 gu 5 air tuiteam bho 2014. A' coimhead air an ùine gu 2030, tha Clàran Nàiseanta na h-Alba a' ro-mheasadh gum bi crìonadh a bharrachd ann an àireamh na cloinne. Bheireadh an treand seo buaidh air an àireamh chloinne a tha ion-roghnach air seirbheisean cùram-chloinne.

[Tùs: Clàran Nàiseanta na h-Alba<sup>36</sup>]

36 Ann an ro-mheasaidhean àireamh-sluaigh aig Clàran Nàiseanta na h-Alba stèidhichte air 2016, bha dùil gum biodh 225,271 clann aois 2-5 ann an Alba ann an 2022. Anns na ro-mheasaidhean sluaigh as ùire (stèidhichte air 2020), tha an àireamh seo air tuiteam gu 208,844. Tha figearan ro-mheasaidh aig Clàran Nàiseanta na h-Alba rim faighinn aig: [Projected Population of Scotland | National Records of Scotland](#).

Tha Lèirmheas Caitheamh Stòras 2022<sup>37</sup> a' dearbhadh ar rùn a bhith ag obair le COSLA agus SOLACE gus Aonta Ùr aontachadh airson riaghaltas ionadail ann an Alba. Tha seo a' sealltainn miann air gach taobh gus an dàimh eadar Riaghaltas na h-Alba agus riaghaltas ionadail ath-shuidheachadh, gus barrachd sùbailteachd air rèiteachaidhean ionmhais ionadail a chothromachadh le cunntachalachd nas soilleire gus prìomhachasan nàiseanta a libhrigeadh. **Cumaidh sinn oirnn ag obair ann an dlùth chom-pàirteachas le COSLA agus co-obraichean riaghaltais ionadail gus molaidhean a chruthachadh airson aonta ionmhais fad-ùine a tha a' gabhail a-steach a h-uile seirbheis ELC maoinichte** agus a tha ag amas air prìomhachasan agus builean coitcheann a libhrigeadh.

Ro 2025 tha sinn air aontachadh obrachadh leis na com-pàirtichean againn san roinn **gus frèama builean agus tomhais a chruthachadh airson ELC maoinichte** – aig Riaghaltas na h-Alba agus riaghaltas ionadail còmhla – a bheir seachad fianais gus taic a thoirt do libhrigeadh seirbheis an dà chuid gu nàiseanta agus gu h-ionadail, a' tabhann barrachd follaiseachd agus dearbhaidh, agus a tha a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil luach an airgid ann. Ann a bhith a' cruthachadh an fhèama seo togaidh sinn air an obair a rinneadh mar-thà gus frèam Builean Sunnd Cloinne is Dhaoine Òga a chruthachadh, agus togaidh sinn air an fhianais a tha a' tighinn am bàrr bhon mheasadh againn air leudachadh air ELC maoinichte.

### **A' sgioblachadh agus a' sìmpalachadh na dòigh-obrach airson sgrùdadh air Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne agus seirbheisean cùram-chloinne aig aois sgoile**

Nuair a bha e ag obair air an aithisg aige 'Putting Children at the Centre: A Vision for Scottish Education'<sup>38</sup>, chuala an t-Àrd-ollamh Ken Muir gu cunbhalach mu na dùbhlain a tha mu choinneamh solaraichean ELC mar thoradh air an dòigh sgrùdadh làithreach, far am bi cuid de shuidheachaidhean a tha a' toirt seachad uairean ELC maoinichte air an sgrùdadh leis an dà chuid Luchd-sgrùdadh Foghlaim na Banrigh (HMIE) agus Luchd-sgrùdadh a' Chùraim.

Mar fhreagairt air draghan a chaidh a thogail gu bheil an dòigh-obrach seo a' cruthachadh dùblachadh oidhirp, iom-fhillteachd agus uallaichean air solaraichean ELC nach eil a dhìth, mhol an t-Àrd-ollamh Muir gum biodh frèama sgrùdadh co-roinnte airson ELC air a chruthachadh eadar Luchd-sgrùdadh a' Chùraim agus an neach-sgrùdadh foghlaim ùr.

Tha seo air cothrom cudromach a chruthachadh airson deasbad nas fharsainghe mu àite sgrùdadh ann a bhith a' cumail taic ri libhrigeadh solair àrd-ìnbhe thar gach seirbheis cùram-chloinne tràth-ionnsachaidh agus aig aois sgoile, agus bidh sgrùdadh nan seirbheisean sin mar phàirt den deasbad nàiseanta air na tha an dàn do dh'fhoghlam ann an Alba agus an lèirsinn a bhios ann. Tha sinn a' tòiseachadh bhon dòigh-obrach iomlanach a chaidh a chur an cèill ann an 'A' coileanadh a' Chomais: Annam Fhèin', ag aithneachadh gum bu chòir do bhuidhnean a bhith ag obair còmhla gus taic a chumail ri, leasachadh agus ionnsachadh chloinne tro chluich anns na bliadhnaichean tràtha thairis air an obair leasachaidh agus sgrùdadh aca.

Mar fhreagairt do dh'aithisg an Àrd-ollaimh Muir dh'fhoillsich sinn co-chomhairle air 11 Iuchar 2022 a' mìneachadh na lèirsinn againn airson sgrùdadh air seirbheisean tràth-ionnsachaidh agus seirbheisean cùram-chloinne aig aois sgoile agus nam prionnsapalan stiùiridh a tha mar bhunait air an dòigh-obrach againn.

Tha e a' feuchainn ri beachdan a chruinneachadh mu mholaidhean sònraichte gus sgrùdadh tràth-ionnsachaidh agus seirbheisean cùram chloinne aig aois sgoile a sgioblachadh agus a leasachadh tro bhith a' toirt a-steach frèama sgrùdadh co-roinnte. **Foillsichidh sinn co-dhùnaidhean na co-chomhairle tràth ann an 2023 agus cuiridh sinn an cèill dè na ceumannan a ghabhas sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil am frèama nàiseanta ùr ann airson sgrùdadh air seirbheisean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne aig aois sgoile iomchaidh.**

37 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Investing in Scotland's Future: Resource Spending Review 2022](#).

38 Muir, K. (2022) [Putting Learners at the Centre: Towards a Future Vision for Scottish Education](#).

Fhad 's a tha a' cho-chomhairle a' dol air adhart agus molaidhean airson leasachadh air an cruthachadh agus air an aontachadh, tha Foghlam Alba agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim gu mòr airson co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ullachadh airson sgrùdadh cho ceangailte, soilleir agus èifeachdach 's a ghabhas. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh sgrùdaidhean co-roinnte air suidheachaidhean thairis air an ath bhliadhna acadaimigeach, far a bheil sin iomchaidh.

### **A' dèanamh cinnteach gu bheil Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne agus seirbheisean cùram-chloinne aig aois sgoile mar phàirt de cho-obrachadh gus dèiligeadh ri bochdainn chloinne ann an coimhearsnachdan**

Tha sinn ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil **tasgadh ann a bhith a' cruthachadh tairgse obrach neartaichte, amalaichte do phàrantan agus luchd-cùraim** bho na teaghlaichean le prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am 'Best Start, Bright Futures' a' freagairt air feumalachdan agus suidheachaidhean fa leth. Mar phàirt den phoileasaidh seo bheir sinn cothrom air taic bho phrìomh luchd-obrach sònraichte do phàrantan agus luchd-cùraim, cho math ri cothrom air an trèanadh agus na sgilean a dh'fheumas iad airson obair fhaighinn, a chumail suas agus adhartas a dhèanamh san obair. Bidh seo ag obair mar phàirt den dòigh-obrach 'gun doras ceàrr' a tha a' ceangal teaghlaichean ri ELC, cùram-chloinne aig aois sgoile, còmhhdail, sunnd teaghlaich slàn agus seirbheisean comhairle ionmhais.

Tha seo dlùth-cheangailte ris an dealas againn a bhith ag obair leis na com-pàirtichean againn, a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, gus **Maoin Eadar-ghluasaid Phàrantach ùr a chruthachadh agus a bhuileachadh gus dèiligeadh ris an neo-thèarainteachd ionmhasail a tha mu choinneamh phàrantan is luchd-cùraim nuair a thig iad a-steach dhan mhargaidh obrach .**

Lìbhrigidh an Com-pàirteachas Ùr-ghnàthachaidh Sòisealta againn modail *Flourishing Lives* de thaic iomlan do dhaoine a bheir piseach air an sunnd, a fhreagras air na feumalachdan geàrr-ùine aca, agus a bheir taic do na h-amasan fad-ùine aca, a' gabhail a-steach cothrom air cosnadh agus dàimhean teaghlaich nas fheàrr. Feuchaidh sinn cuideachd ri dèiligeadh ri cnapan-starra agus obraichidh sinn le com-pàirtichean gus cothrom air roghainnean cùram-chloinne maoinichte, roghainnean obrach sùbailte agus sunnd san àite-obrach a bhrosnachadh.

Nì sinn deuchainn air agus ionnsaichidh sinn tro thùsarain ionadail, ag obair gu dlùth le com-pàirtichean ionadail, agus pàrantan agus luchd-cùraim, gus tairgsean taic amalaichte a dhealbhadh do theaghlaichean ann am bochdainn. Bidh prògraman tùsail an dà chuid ann an Dùn Dè agus ann an Glaschu a' tarraing air na dh'ionnsaich com-pàirtichean ionadail agus buidhnean coimhearsnachd gus feumalachdan ionadail sònraichte a thuigsinn agus gus dòigh-obrach a chruthachadh stèidhichte air eòlas-beatha.

## ► Ar dòigh-obrach a thaobh dealbhadh is lìbhrigeadh poileasaidh

Tha leudachadh gu 1140 uair a thìde de ELC maoinichte air tòrr cothroman ionnsachaidh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do na com-pàirtichean againn mu bhith a' lìbhrigeadh prògram nàiseanta den sgèile seo ann an àm cho goirid. Tha na prionnsapalan a shuidhich sinn ann an 2016 – càileachd, sùbailteachd, ruigsinneachd, agus prìs reusanta – fhathast a' sealltainn na tha sinn airson fhaicinn bho sheirbheisean ELC maoinichte sna bliadhnaichean ri teachd.

Ged a tha dùbhlain air a bhith ann, mar a bhios le prògram sam bith den mheud seo, tha obair ga dèanamh gus làn bhuannachdan prògram leudachaidh nan 1140 uair a thìde a thoirt gu buil, agus tha e air sealltainn na ghabhas dèanamh tro cho-obrachadh. Tha an cultar agus na luachan ris an do ghabh sinn tron dòigh-obrach co-obrachail, frèama shochoirean soilleir agus co-riaghladh le riaghaltas nàiseanta is ionadail – a' tarraing air barantas neo-eisimeileach agus dàta lìbhrigidh làidir – uile air cuideachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid na h-uairean leudaichte a lìbhrigeadh gu soirbheachail bhon Lùnastal 2021.

Mar thoradh air an ionnsachadh seo, bheir sinn ùine gus dèanamh cinnteach gu bheil dealbhadh poileasaidh agus conaltradh mu na tairgsean cùram-chloinne againn san àm ri teachd ceart, ag aithneachadh gum feum iad a bhith iomchaidh a rèir feumalachdan phàrantan, luchd-cùraim agus teaghlaichean agus gum bi iad sin eadar-dhealaichte a rèir aois is ìrean chloinne agus suidheachadh an cuid teaghlaichean. Obraichidh sinn gu dlùth cuideachd ri solaraichean anns na roinnean poblach, prìobhaideach, san treas roinn agus ann an roinn an luchd-aireachaidh chloinne tron phròiseas dealbhaidh againn air fad.

Airson clann agus teaghlaichean ann an sgìrean iomallach agus dùthchail na h-Alba, tha sin a' ciallachadh gum feumar a bhith ag obair gu h-ùr-ghnàthach gus feum a dhèanamh de na cothroman gun samhail – agus gus aghaidh a chur air na dùbhlain shònraichte – do choimhearsnachdan anns

na sgìrean sin. Mar eisimpleir, bidh e cudromach smaoinichadh gu cruthachail air mar a bhios sinn a' maoineachadh agus a' lìbhrigeadh sheirbheisean do chloinn de dhiofar aoisean còmhla, a' dèanamh feum air stòrasan coimhearsnachd a th' ann mar-thà, agus a' beachdachadh air modailean seirbheis a tha ag obair thairis air sgìrean mòra.

Ann a bhith a' dealbhadh poileasaidh ùr, feumaidh sinn daonnan cuimhneachadh air cho cudromach 's a tha còraichean is guthan chloinne, agus tha sinn fhathast dealasach a thaobh a bhith a' co-chomhairleachadh le cloinn mu chùisean a tha a' toirt buaidh orra.

Tha na prionnsapalan dealbhaidh againn a' gabhail a-staigh an dealais againn a thaobh dealbhadh poileasaidh a tha stèidhichte air fianais, stèidhichte air daoine, agus air a bhith ag obair le teaghlaichean, luchd-ùidh, seirbheisean agus proifeiseantaich thar na roinne gu lèir eadar seo agus 2026 agus sinn a' togail comas airson ar geallaidhean cùram-chloinne san àm ri teachd:

- **Co-dhealbhaidh:** dealbhaichidh sinn ar tairgsean cùram-chloinne san àm ri teachd còmhla ri daoine agus an coimhearsnachdan.
- **Ùr-ghnàthachadh:** cha bhi modailean lìbhrigidh a th' ann mar-thà a' cur bacadh oirnn - cuiridh sinn fòcas air a bhith a' dealbhadh shiostaman a tha iomchaidh do dhaoine agus do na coimhearsnachdan aca, agus a bhios a' togail air stòrasan a th' ann mar-thà tarsainn nan roinnean tràth-ionnsachaidh agus cùram-chloinne aig aois sgoile.
- **Com-pàirteachas:** obraichidh tron roinn phoblach agus saoghal an luchd-lìbhrigidh san fharsaingeachd gus siostaman a dhealbh a bhios a' ceangal sheirbheisean agus a' fuasgladh cheistean slàn dhaibh.

Nì sinn cinnteach gun toir ar dealbhadh poileasaidh aire do na <sup>39</sup> prìomh phrionnsabalan taic teaghlaich coileanta aig a' Bhuidhinn Comhairleachaidh Taic Teaghlaich a ghabhas cur an sàs ann an seirbheis no eadar-obrachadh sam bith a tha a' toirt taic do theaghlaichean. Bu chòir do sheirbheisean mar seo: a bhith gun stiogma; a bhith a' dèiligeadh ris an teaghlach gu h-iomlan; a bhith stèidhichte air feumalachdan; a bhith stèidhichte air stòrasan agus coimhearsnachd; a bhith aig an àm cheart agus seasmhach; a bhith air am brosnachadh; a bhith a' toirt aire do ghuthan theaghlaichean; a bhith co-obrachail agus gun chnap-starra; bu chòir feachd-obrach sgileil agus a tha a' faighinn taic a bhith aca; agus a bhith air a neartachadh le còraichean chloinne. Nì sinn cinnteach gu bheil feumalachdan chloinne a tha no a bha ann an cùram aig cridhe ar n-obair dealbhachaidh poileasaidh, a' cur ri ar gealltanais agus #An Gealladh a chumail.

Leasaichidh agus atharraichidh sinn iad sin thar cùrsa na Pàrlamaid seo nuair a thig fianais ùr am follais, agus mar thoradh air conaltradh a nì sinn le com-pàirtichean agus luchd-cleachdaidh seirbheis.

Tha na prionnsapalan libhrigidh againn a' mìneachadh na bu chòir pàrantan, luchd-cùraim agus clann a bhith an dùil bho sheirbheisean:

- **Càileachd:** tha seo bunaiteach do bhuilean chloinne agus do sholarachadh sheirbheisean maoinichte.
- **Sùbailteachd:** feumaidh seirbheisean a bhith a rèir mar a tha beatha dhaoine, ag aithneachadh gu bheil feumalachdan eadar-dhealaichte aig diofar theaghlaichean.
- **So-ruigsinneachd:** feumaidh daoine ann an diofar phàirtean den dùthaich cothrom fhaighinn air seirbheisean a tha a rèir feumalachdan agus feartan am beatha fhèin, agus a tha freumhaichte sna coimhearsnachdan againn.
- **Prìs ruigsinneach:** tha sinn airson 's gum bi an raon as fharsainghe de dhaoine comasach air na seirbheisean againn a chleachdadh, agus mar sin feumaidh cosgais a bhith a rèir comas pàighidh agus feumar na buannachdan eaconamach nas fharsainghe a thig an cois cothrom air tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig aois sgoile aithneachadh.

39 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Holistic whole family support: Routemap and national principles](#).

## ▶ Na h-ath cheuman

'S e sgrìobhainn bheò a th' anns a' phlana seo agus bheir sinn seachad ùrachaidhean air an adhartas againn le bhith a' lìbhrigeadh nam prìomhachasan sin tron Phàrlamaid seo. Bidh iad sin a' gabhail feart air fianais ùr, agus na tha sinn air ionnsachadh bho choimhearsnachdan, luchd-ùidh agus eòlaichean a thaobh mar a chuireas sinn na poileasaidhean againn an gnìomh gus na builean as fheàrr a lìbhrigeadh do chloinn is do theaghlaichean.

## ► Eàrr-ràdh A – Geàrr-chunntas fianais: mar a tha cùram-chloinne a' cuideachadh gus eadar-dhealachadh a dhèanamh do chloinn, pàrantan agus luchd-cùraim, agus teaghlaichean

Gus na builean as fheàrr a lìbhrigeadh do chloinn agus teaghlaichean, agus gus luach an airgid fhaighinn dhan sporan phoblach, tha e deatamach gun dèan Riaghaltas na h-Alba feum air an fhianais as ùire gus leasachadh poileasaidh agus dèanamh cho-dhùnaidhean fhiosrachadh. Tha an earrann seo na geàrr-chunntas air cuid den fhianais as ùire agus tha i ag aithneachadh far a bheil barrachd obrach a dhìth gus na poileasaidhean againn fhiosrachadh no a mheasadh.

### Buannachdan do chloinn

Tha mòran fianais ann gu bheil na bliadhnaichean tràtha de bheatha pàiste deatamach airson an leasachadh sòisealta agus faireachail, a bharrachd air na sgilean cànanain agus àireamhachd aca.<sup>40</sup> Tha rannsachadh eadar-nàiseanta a' sealltainn gu bheil solar Tràth-ionnsachaidh agus Cùram-chloinne (ELC) co-cheangailte ri leasachaidhean seasmhach ann am foghlam, cosnadh agus slàinte chloinne nas fhaide air adhart nam beatha.<sup>41</sup> Tha deagh fhianais ann gu bheil clann bho theaghlaichean bochda a' faighinn na buannachd as motha bho phrògraman ELC<sup>42</sup>. Tha rannsachadh cuideachd a' sealltainn gun urrainn do ELC cuideachadh le bhith

a' lughdachadh buaidh chunnartan leasachaidh, gu bheil e na sheòrsa de dh'eadar-theachd tràth do chloinn a tha ann an cunnart bho Fheumalachdan Taic a Bharrachd a bhith aca.<sup>43</sup>

Thairis air an fhianais rannsachaidh eadar-nàiseanta – a' gabhail a-steach fianais bhon sgrùdadh Growing up in Scotland againn fhìn – chaidh a lorg gu cunbhalach gum feum an ELC aca a bhith de chàileachd àrd ma tha clann bu bhith a' faighinn buannachd.<sup>44</sup> Tha buaidh aig raon farsaing de nithean air càileachd an t-solair, a' gabhail a-steach: àireamhan luchd-obrach agus taobhan den t-suidheachadh obrach aca; teisteanasan agus leasachadh luchd-obrach; na dàimhean agus eadar-obrachadh eadar luchd-teagaisg agus clann; an àrainneachd fhiosaigeach; agus an curraicealam.

Tha nas lugha de dh'fhianais ann aig ìre an t-sluaigh mun bhuidh a tha aig solar ELC air clann aois dà bhliadhna agus nas òige, agus tha an fhianais a th' ann a tha buailteach a bhith nas measgaichte.<sup>45</sup> Tha cuid de sgrùdaidhean san RA a' cumail a-mach gun robh buannachdan ann dhan chloinn nas òige seo, agus tha cuid eile

40 OECD (2017) [Starting Strong 2017: Key OECD Indicators on Early Childhood Education and Care](#).

41 Coimisean na h-Eòrpa (2022) [Building a better understanding of the impact of Early Childhood Education and Care on medium- and long-term educational and labour market outcomes in Europe](#); OECD (2017) [Starting Strong 2017: Key OECD Indicators on Early Childhood Education and Care](#); Melhuish, E. et al (2015) [A review of research on the effects of Early Childhood Education and Care \(ECEC\) upon child development](#).

42 OECD (2017) [Starting Strong 2017: Key OECD Indicators on Early Childhood Education and Care](#); Passaretta, G. et al (2019) Inclusive Education and Social Support to Tackle Inequalities in Society (ISOTIS): [Integrative Report \(WP 1\) Lessons and Policy Implications](#)

43 Tha fianais làidir ann co-cheangailte ri prògraman dian agus soilleir de dh'eadar-theachd tràth, agus beagan fianais a tha a' nochdadh gu bheil comas aig prògraman ro-sgoile uile-choitcheann cunnartan a lùghdachadh taobh a-staigh sluaighean àbhaisteach m.e. Hall, J. et al. (2013) Can preschool protect young children's cognitive and social development? Variation by center quality and duration of attendance, School Effectiveness and School Improvement, 24:2, 155-176, DOI: [10.1080/09243453.2012.749793](#); Melhuish, E. (2004) [A literature review of the impact of early years provision on young children, with emphasis given to children from disadvantaged backgrounds](#).

44 Riaghaltas na h-Alba (2015) [Tackling inequalities in the early years: key messages from 10 years of the Growing Up in Scotland study](#); Knudsen, L. et al (2017) [Changes in early learning and childcare use at age 5: comparing two Growing Up in Scotland cohorts](#).

45 Cadmina, J. et al (2020) [Literature review on early childhood education and care for children under the age of 3](#); Coimisean na h-Eòrpa (2014) [Proposal for key principles of a Quality Framework for Early Childhood Education and Care](#).

a' cumail a-mach gun robh builean nach robh cho buannachdail air an leasachadh.<sup>46</sup> Ach, coltach ris na toraidhean a thaobh clann nas sine, tha aonta ann tron litreachas gu bheil càileachd a' chùraim agus an ionnsachaidh a tha air a sholarachadh ro-chudromach a thaobh a bhith a' dèanamh eadar-dhealachadh do chloinn nas òige.

Tha beagan fianais ann cuideachd gu bheil an ùine iomlan a chuireas clann seachad ann an ELC co-cheangailte ri deagh bhuannachdan san fhad-ùine, ged nach do lorg cuid de sgrùdaidhean eile buaidh sam bith. A rèir an OECD, tha co-dhiù dà bhliadhna de ELC mus tòisich clann san sgoil co-cheangailte ri coileanadh nas fheàrr aig aois 15 sa Phrògram airson Coileanadh Oileanach Eadar-nàiseanta (*Program for International Student Achievement - PISA*).<sup>47</sup>

Tha an litreachas cuideachd mì-chinnteach a thaobh dè an àireamh as fheàrr de dh'uairean a thide a bu chòir clann a chur seachad ann an ELC gach latha no seachdain. Tha cuid de sgrùdaidhean nas sine air cumail a-mach gu bheil beagan bhuannachdan a bharrachd ann do chloinn bho bhith an làthair fad seiseanan fad-latha seach seiseanan leth-latha. Ach, tha rannsachadh a rinneadh san RA bho chionn ghoirid a' sealltainn gu bheil cuibheas de chòrr is 20 uair a thide san t-seachdain de ELC foirmeil buannachdail, gu sònraichte dhan chloinn as bochda.<sup>48</sup> A rèir an rannsachaidh cuideachd, a thaobh deagh bhuidh air builean chloinne, ma thathar a' faighinn barrachd air 20 uair a thide de ELC, tha càileachd cùram-chloinne nas cudromaiche na an ùine a chuireas clann seachad anns an t-suidheachadh.<sup>49</sup>

San aithghearrachd tha fianais làidir ann gu bheil buannachdan cudromach aig clann aois trì gu còig bho bhith a' frithealadh ELC de chàileachd àrd. Bha seo na bhunait airson leudachadh 1140 agus is e sin as coireach gu bheil càileachd fhathast aig cridhe ar dòigh-obrach. Bha an fhianais mu na buannachdan sònraichte a tha an lùib ELC de dh'àrd-chàileachd do chloinn bho shuidheachaidhean ana-cothromach cuideachd aig cridhe ar co-dhùnadh a bhith ag amas air ruigsinneachd thràth air an fheadhainn aig dà bhliadhna a dh'aois as motha a tha feumach air. Do chloinn a tha fo thrì bliadhna a dh'aois, tha fianais a' sealltainn gu bheil an ìre de bhuannachd a gheibh iad bho ELC a rèir factaran cudromach leithid eachdraidh an teaghlach, dè an aois a thòisicheas iad ann an ELC, càileachd nan seirbheisean, agus an cothromachadh uairean a chuireas iad seachad eadar cùram san dachaigh agus ann an suidheachaidhean ELC.<sup>50</sup>

Tha pàirt cudromach aig deagh sheirbheisean ELC ann a bhith a' lùghdachadh cuid de dhroch bhuidhean aig galar lèir-sgaoilte COVID-19 air clann. Chan eil e soilleir fhathast de a' bhuidh a tha is a bha aig a' ghalair lèir-sgaoilte air clann òga, a' gabhail a-steach dè cho fada 's a mhaireas buaidh sam bith. Ach, tha fianais a tha a' tighinn am bàrr a' sealltainn comharran tràth air mar a thugadh droch bhuidh air clann òga, le buaidh neo-chothromach air clann bho theaghlachean bochda.<sup>51</sup> Chaidh buaidh a thoirt air cainnt, cànan agus conaltradh chloinne gu sònraichte, agus tha sinn air a mhìneachadh fo Phrìomhachas 1 gu h-àrd ( [td 11](#) ) dè an obair a tha gu bhith ann guis dèiligeadh ri seo.

46 Melhuish, E. (2004) [A literature review of the impact of early years provision on young children, with emphasis given to children from disadvantaged backgrounds.](#)

47 OECD (2017) [Starting Strong 2017: Key OECD Indicators on Early Childhood Education and Care](#)

48 Melhuish, E. & Gardiner, J. (2018) [SEED: Impact study on early education use and child outcomes up to age four years](#); Melhuish, E. & Gardiner, J. (2020) [Study of Early Education and Development \(SEED\): Impact Study on Early Education Use and Child Outcomes up to age five years](#); Melhuish et al. (2014) [A review of research on the effects of Early Childhood Education and Care \(ECEC\) upon child development.](#)

49 Melhuish, E. & Gardiner, J. (2020) [Study of Early Education and Development \(SEED\): Impact Study on Early Education Use and Child Outcomes up to age five years](#); Melhuish et al. (2014) [A review of research on the effects of Early Childhood Education and Care \(ECEC\) upon child development.](#)

50 Cadmina, J. et al (2020) [Literature review on early childhood education and care for children under the age of 3](#); Coimisean na h-Eòrpa (2014) [Proposal for key principles of a Quality Framework for Early Childhood Education and Care](#); Mathers S. et al. (2014) [Sound Foundations: A Review of the Research Evidence on Quality of Early Childhood Education and Care for Children under Three - Implications for Policy and Practice](#); Coimisean na h-Eòrpa (2022) [Building a better understanding of the impact of Early Childhood Education and Care on medium- and long-term educational and labour market outcomes in Europe.](#)

51 Slàinte Phoblach na h-Alba (2022) [COVID-19 Early Years Resilience and Impact Survey \(CEYRIS\)](#). La Valle, I. et al (2022) [Implications of COVID for Early Childhood Education and Care in England](#); Education Endowment Foundation (2022) [The Impact of COVID-19 on Learning: A review of the evidence](#); Tracey, L. et al (2022) [The impact of the Covid-19 pandemic](#)

Tha e cudromach cuideachd aithneachadh gu bheil an litreachas air an do bheachdaich sinn an seo a' buntainn ri solar ELC far a bheil pàrantan no luchd-cùraim a' fàgail an cuid chloinne fo chùram luchd-obrach le teisteanas seach na seòrsaichean taic teaghlaich nas fharsainghe a tha rim faighinn ann an ionadan chloinne no cròileagain, mar eisimpleir. Tha sinn gu mòr airson bunait fianais a thogail mu dè an seòrsa solair a bhios as buannachdail do chloinn agus sinn a' gluasad air adhart leis a' mhiann againn gus tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne maoinichte a leudachadh gu clann a tha bliadhna agus dà bhliadhna a dh'aois, a' tòiseachadh leis an fheadhainn as motha a tha feumach air seo. Tha fios againn, mar eisimpleir, gu bheil deagh fhianais ann mu na buannachdan bho dhiofar sheòrsaichean taic teaghlaich do chloinn, pàrantan agus luchd-cùraim<sup>52</sup>.

Tha nas lugha de dh'fhianais ann an-dràsta air mar a tha cùram-chloinne aig aois sgoile a' dèanamh diofar do chloinn. Tha seo gu ìre mar thoradh air dìth rannsachaidh agus gu ìre mar thoradh air duilgheadas ann a bhith a' dealachadh buaidh cùram-chloinne aois sgoile bho phoileasaidhean eile agus gnàth-eòlasan chloinne aig na h-aoisean sin, leithid a bhith a' frithealadh na bun-sgoile.<sup>53</sup> Ach, tha an rannsachadh a tha ri fhaotainn ag ràdh gur dòcha gun urrainn deagh chùram-chloinne aig aois sgoile eadar-obrachaidhean sòisealta agus dàimhean adhartach a bhrosnachadh, sgilean sòisealta agus misneachd a thogail, agus cothrom a chruthachadh gus cluich ann an àrainneachd shàbhailte. Faodaidh na buannachdan sin a bhith gu sònraichte cudromach do chloinn nas òige agus dhaibhsan bho theaghlaichean a tha fon ana-chothrom sòisio-eaconamach as miosa.

Mar phàirt den àrd-amas againn siostam cùram-chloinne aig aois sgoile a thogail, tha sinn cuideachd dealasach a thaobh a bhith a' cleachdadh dòigh-obrach dealbhachaidh seirbheis a tha stèidhichte air luchd-cleachdaidh a chuidicheas sinn gus bunait fianais a thogail mu dè an t-seòrsa seirbheis as fheàrr a fhreagras air feumalachdan chloinne agus an teaghlaichean, gu sònraichte an fheadhainn air an teachd a-steach as ìsle.

## Buannachdan do phàrantan agus luchd-cùraim

A thaobh pàrantan agus luchd-cùraim, tha rannsachadh eadar-nàiseanta a' sealltainn gur dòcha gun urrainn ELC aig prìs reusanta agus a tha sùbailte inbhean beatha adhartachadh agus aghaidh a chur air bochdainn chloinne tro bhith a' lughdachadh cuideaman air teachd-a-steach teaghlaich agus a bhith a' toirt cothrom do phàrantan agus luchd-cùraim, gu sònraichte boireannaich, pàirt a ghabhail ann an obair, foghlam no trèanadh.<sup>54</sup> Tha e cudromach gum bi co-ionannachd chothroman ann an cosnadh eadar boireannaich is fireannaich. Tha buannachdan cudromach aig seo cuideachd air sunnd an leanaibh fhèin, air bochdainn a' toirt droch bhuaidh<sup>55</sup>. Sin as adhbhar gu bheil leudachadh air ruigsinneachd air deagh ELC maoinichte, fhathast na phrìomhachas aig Riaghaltas na h-Alba, gu sònraichte ann an co-theacs èiginn nan cosgais bith-beò an-dràsta.

Tha Ro-innleachd Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba airson Cruth-atharrachadh Eaconamach<sup>56</sup> a' daingneachadh gu bheil cùram-chloinne na eileamaid dheatamach de bhun-structar eaconamach na h-Alba. Tha an Ro-innleachd a' cur an cèill gu soilleir cho cudromach 's a tha tairgsean cùram-chloinne ann a bhith a' toirt cothrom do phàrantan agus luchd-cùraim a bhith a' tilleadh a dh'obair, no a bhith ag àrdachadh nan uairean obrach aca. Tha an fhianais eadar-nàiseanta a' sealltainn gun urrainn do sholar ELC cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd gnè a thaobh pàigheadh, a bharrachd air a bhith a' toirt taic do phàrantan agus luchd-cùraim gus cùram a dhan chuid chloinne a mheasgachadh le bhith a' lorg obair no a' tilleadh a dh'obair, no a bhith a' gabhail pàirt ann am foghlam no trèanadh.<sup>57</sup> Tha an litreachas air fòcas a chur air na ceanglaichean eadar cosnadh màthaireil agus clann a' gabhail pàirt ann an ELC, a' sealltainn gur dòcha gu bheil solar ELC a' cuideachadh mhàthraichean le bhith ag obair.<sup>58</sup>

[on children's socio-emotional wellbeing and attainment during the Reception Year.](#)

52 Edwards, A., Gharbi, R., Berry, A. & Duschinsky, R. (2021) [Supporting and strengthening families through provision of early help: A Rapid Review of Evidence.](#)

53 Riaghaltas na h-Alba (2019) [Annex B: Discussion paper - Out of school care in Scotland - draft framework: consultation;](#) Scott, E. and Scobie, G. (2015) [Evidence briefing on the impact of out of school care.](#)

54 Scobie G. et al (2017) [Provision of early learning and childcare and parents' outcomes;](#) Thompson S & Ben-Galim D. (2014) [Childmind the Gap: Reforming childcare to support mothers into work..](#)

55 Cooper, K. agus Stewart, K. (2020) [Does Household Income Affect children's Outcomes? A Systematic Review of the Evidence;](#) NHS Health Scotland (2018) [Child Poverty in Scotland: health impact and health inequalities;](#) Joseph Rowntree Foundation (2014) [Reducing poverty in the UK: A collection of evidence reviews.](#)

56 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Scotland's National Strategy for Economic Transformation.](#)

57 Scobie G. et al (2017) [Provision of early learning and childcare and parents' outcomes;](#) Thompson S & Ben-Galim D. (2014) [Childmind the Gap: Reforming childcare to support mothers into work.](#)

58 OECD (2017) [Starting Strong 2017: Key OECD Indicators on Early Childhood Education and Care.](#)

Ach, tha e cudromach cuimhneachadh nach urrainn do sholarachadh ELC taic a thoirt do phàrantan agus luchd-cùraim a bhith ag obair leis fhèin. Tha factaran comasachaidh cudromach eile a' gabhail a-steach fòrladh pàrantach agus poileasaidhean tèarainteachd shòisealta (cumhachdan a tha gu ìre mhòr an urra ri Riaghaltas na RA), na sgilean agus an t-eòlas a th' aig daoine fa-leth, fastaichean taiceil, an seòrsa chothroman obrach a tha rim faighinn gu h-ionadail, agus an suidheachadh eaconamach san fharsaingeachd.<sup>59</sup> Tha am plana ùr aig Riaghaltas na h-Alba gus dèiligeadh ri bochdainn chloinne ag aithneachadh mar a tha na diofar factaran sin a thaobh comas-cosnaidh phàrantan ag eadar-obrachadh<sup>60</sup>.

Tha an litreachas rannsachaidh cuideachd a' sealltainn gur docha gu bheil cùram-chloinne aig aois sgoile a tha ruigsinneach agus air prìs reusanta a' leigeil le cuid de phàrantan no luchd-cùraim, gu sònraichte pàrantan singilte agus an fheadhainn nach eil ag obair an-dràsta, obraichean matha a lorg no a chumail, an cuid uairean obrach àrdachadh no foghlam adhartach no trèanadh a dhèanamh.<sup>61</sup> Agus sinn a' leasachadh ar miann airson siostam cùram-chloinne aig aois sgoile a thogail, obraichidh sinn cuideachd gus barrachd fianais a chruinneachadh mu na dòighean anns an urrainn dha taic a thoirt do phàrantan agus luchd-cùraim a thaobh nam miannan aca a dhol a-steach a chosnadh, trèanadh no ionnsachadh agus sin a chumail, agus aig a' cheann thall a bhith a' toirt àrdachadh air teachd a-steach na dachaigh aca.

Le bhith a' toirt cothrom do chloinn air raon de ghniomhachdan agus eòlasan beatha adhartach, is urrainn tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne aig aois sgoile cuideachadh le bhith a' lùghdachadh droch bhuaidh na bochdainn, a' cur ris an leasachadh fad-ùine aca agus ris na cothroman cosnaidh aca.<sup>62</sup> Tha na 1140 uair a thìde de ELC maoinichte àrd-inbhe cuideachd a' cur gu dìreach ri bhith a' lughdachadh chosgaisean dachaigh. Nam biodh aig teaghlaichean ion-roghnach ris a' chùram-chloinne maoinichte le Riaghaltas na h-Alba a cheannach iad fhèin, chosgadh e timcheall air £5,000 dhaibh airson gach pàiste gach bliadhna.

## Buannachdan do theaghlaichean

Cha deach mòran rannsachaidh a dhèanamh gu ruige seo anns an litreachas rannsachaidh air àite cùram-chloinne riaghlaidhe ann a bhith a' toirt taic do shunnd teaghlaich, ged a tha fianais ann gun urrainn do ELC taic a chumail ri slàinte is sunnd fhaireachail nam màthraichean.<sup>63</sup> Chomharraich an rannsachadh càileachdail a rinn sinn bho chionn ghoirid le pàrantan agus luchd-cùraim cuideachd cuid de na dòighean anns an urrainn do ELC taic a chumail ri sunnd teaghlaich. Tha iad sin a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad taic airson:

- dèiligeadh ri duilgheadasan leasachaidh a dh'fhaodadh a bhith aig clann, gu sònraichte a thaobh buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte;
- a' toirt taic do phàrantan agus luchd-cùraim gus am bi beagan ùine aca fhèin;
- a' cruthachadh barrachd ùine airson buill eile den teaghlaich (m.e. clann nas sine);
- lùghdachadh an eallach air seann-phàrantan; agus
- lùghdachadh ro-uallach.<sup>64</sup>

Tha sinn gu mòr airson a bhith a' cruinneachadh na fianais seo gus tuigse nas soilleire fhaighinn air nas urrainn do ELC maoinichte a thoirt gu sònraichte do shunnd teaghlaich, a' gabhail a-steach nuair a tha clann còmhla ri am pàrantan no an luchd-cùraim agus nuair a tha iad fo chùram proifeiseantaich le trèanadh. Nì sinn barrachd rannsachaidh cuideachd air nas urrainn do ELC a thoirt seachad mar phàirt de sheirbheisean nas fharsainge a bheir taic do theaghlaichean faighinn a-staigh gu foghlam, cosnadh agus trèanadh, no a tha ag amas air bochdainn a lùghdachadh. Bidh seo na phàirt chudromach den ro-innleachd measaidh againn a bhios a' sgrùdadh buaidh an leudachaidh de 1140 bho chionn ghoirid<sup>65</sup>.

59 Scobie G. et al (2017) [Provision of early learning and childcare and parents' outcomes.](#)

60 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Best Start, Bright Futures: Tackling Child Poverty Delivery Plan 2022-26.](#)

61 Riaghaltas na h-Alba (2019) [Annex B: Discussion paper - Out of school care in Scotland - draft framework: consultation.](#)

62 Scott, E. agus Scobie, G. (2015) [Evidence briefing on the impact of out of school care.](#)


63 Scobie G. et al (2017) [Provision of early learning and childcare and parents' outcomes.](#)

64 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Decisions influencing early learning and childcare use: Understanding social policies and social contexts.](#)

65 Riaghaltas na h-Alba (2022) [Early Learning and Childcare Expansion Programme: Evaluation Strategy](#)

# ► Èarr-ràdh B - Poileasaidh cùram-chloinne Riaghaltas na h-Alba: an sgeul gu ruige seo

● Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne    ● cùram-chloinne aig aois sgoile



- Iuchair:**
- Reachdas
  - Co-chomhairle
  - Gealltanas
  - Foillseachadh
  - Maoineachadh



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022

**OGL**

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig  
Riaghaltas na h-Alba  
Taigh Naomh Anndrais  
Dùn Èideann  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80525-503-1

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, An Dàmhair 2022.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA  
PPDAS1076562 (10/22)

**w w w . g o v . s c o t**